

Foghlam Alba

Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba

Geàrr-aithisg Nàiseanta
An t-Sultain - An t-Samhain 2022

Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

Clàr-innse

Roinn 1:

- 1.1 Ro-ràdh3
- 1.2 Adhartas chun nan ath cheumannan airson na h-ùine seo.....3

Roinn 2:

Cuspair: Cur an gnìomh ath-ùrachadh Dhùbhlann Coileanaidh na h-Alba

- 2.1 Riaghlachas agus rianachd8
- 2.2 Maoin Cothromas Ro-innleachdail
.....11
- 2.3 Maoin Cothromas Sgoileir
- 2.4 Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram5
- 2.5 Amasan sìnidh.....22

Roinn 3:

- 3.1 Na h-ath cheumannan airson leasachadh leantainneach.....25

Roinn 1:

1.1 Ro-ràdh

Mar phàirt den chuairt aithrisidh air Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba (an SAC), bidh comhairlichean coileanaidh ag ullachadh aithisgean a h-uile trì bliadhna. Tha a' gheàrr-aithisg seo mar thar-shealladh air anailis de dh'adhartas nan 32 ùghdarras ionadail air fad airson na h-ùine eadar an t-Sultain agus an t-Samhain 2022.

B' e am prìomh chuspair airson na h-ùine aithrisidh seo ath-ùrachadh an Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba agus adhartas nan ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' leasachadh bhuilean airson chlann agus daoine òga a tha fo bhuidh bochdainn, le cuimse air dèiligeadh ris a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn.

1.2 Adhartas a dh'ionnsaigh nan ath cheumannan airson na h-ùine seo

Chomharraich na h-Aithisgean Ath-shlànachadh agus Adhartas air 2021-22 airson gach ùghdarras ionadail na h-ath cheumannan airson cur an gnìomh ath-ùrachadh an SAC. Sa gheàrr-chunntas san aithisg [Dùbhlain Coileanaidh na h-Alba: Ath-shlànachadh agus Adhartas airson 2021-22](#), nochd na prìomh chuspairean airson nan ath cheumannan mar:

- Maoin Coileanaidh na h-Alba
- Amasan sìnidh
- Dàta

Tha fianais ann gu bheil a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail air adhartas a dhèanamh chun nan ath cheumannan aca.

Ged a tha an co-theacsa agus an t-slighe leasachaidh aca fhèin aig a h-uile ùghdarras ionadail, tha grunnan raointean de coitcheannas. Tha prìomh chuspairean a tha a' nochdadh a' cur cudrom air [Frèam-obrach an SAC airson Ath-shlànachadh agus Luathachadh Adhartas](#) (am Frèam-obrach) agus a' gabhail a-steach:

- Amasan sìnidh
- Maoin Cothromas Ro-innleachdail
- Maoin Cothromas Sgoileir
- Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram

Tha fianais làidir ann gu bheil na prìomh chuspairean sin air an aonadh leis na feartan a leanas:

- Tracadh agus sgrùdadh
- Dàta
- Ionnsachadh proifeasanta
- Coileanadh, cothromas agus a' bheàrn a tha co-cheangailte ri bochdainn
- Dearbhadh Càileachd

Ann an iomadh ùghdarras ionadail tha an raon de mhaoineachadh SAC air a bhith air a chleachdadh gu soirbheachail gus dreuchdan a lìonadh leithid stiùirichean cothromais, dreuchdan leasachaidh càileachd, co-òrdanaichean Chlann agus Daoine Òga Eòlach air Cùram, ceannardan bhiortual, tidsearan 'moladh slighe' agus luchd-obrach ceangal ri teaghlach.

A thaobh cuid, airson diofar adhbharan, tha fastadh airson dreuchdan air a bhith dùbhlach. Tha fianais ann gu bheil ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean air a bhith a' dèiligeadh ri seo le bhith ag atharrachadh no a' leasachadh phlanaichean. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachd no modh-obrach eile ga chur ann an àite agus gu bheil fo-chosg air a sheachnadh.

Amasan Sìnidh

Chuir gach ùghdarras ionadail an amasan sìnidh gu Riaghaltas na h-Alba san t-Sultain 2022. Airson cuid, bha tachartasan nàiseanta an SAC air an comharrachadh mar a bhith a' toirt chothroman a bhith a' co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail eile. Bha e follaiseach gun robhar air co-chomhairleachadh a dhèanamh le luchd-ùidhe sa phròiseas airson amasan sìnidh a chur air bhonn.

Amasan Sìnidh

Mar thoradh air co-chomhairleachadh a dhèanamh le luchd-ùidhe agus lèirmheas agus anailis a dhèanamh air coileanadh, bhathar a' comharrachadh amasan sìnidh a bha miannach air adhartas agus a ghabhadh a ruigsinn.

Rinn an t-ùghdarras adhartas cudromach ann a bhith a' cur air adhart amasan sìnidh, an dèidh co-chomhairleachadh farsaing air feadh nan sgoiltean. Bha amasan sìnidh stèidhichte air anailis làidir air an dàta as ùire agus air dàta eachdraidheil.

Rinn am buidheann co-chomhairleachadh èifeachdach le raon de luchd-ùidhe gus beachdachadh air na dùbhlain agus cothroman a bha air an tabhann le bhith a' suidheachadh amasan sìnidh. Bha an luchd-ùidhe a' gabhail a-steach ceannardan-sgoile, manaidsearan foghlaim agus teaghlaich, àrd-stiùirichean, stiùiriche sgoil bhiortail agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba.

Rinneadh mòran obrach, planadh agus co-chomhairleachadh gus na h-amasan sìnidh ionadail a shuidheachadh.

Tha gnìomh fèin-luachaidh agus conaltradh ri luchd-ùidhe fhathast a' dol air adhart a thaobh an SAC agus stèidheachadh amasan sìnidh. Aig ìre an neach-ionnsachaidh, tha seo air a bhith a' gabhail a-steach captainean aig an ìre as àirde a' dol an sàs ann an conaltradh mun deasbad nàiseanta agus riochdairean sgoilearan a' frithealadh choinneamhan caibineat airson foghlam gus am beachdan a thoirt seachad mu phrìomhachasan foghlaim.

Bha conaltraidhean làidir ann eadar Foghlam Alba agus sgoiltean agus sgiobaidhean ionnsachaidh agus foghlaim mu iomchaidheachd cuid de dhàta air a chleachdadh mar amasan bhuin-stèidh agus amasan sinidh. Rinn an t-ùghdarras ionadail co-chomhairleachadh le co-inbhean bho ùghdarrasan ionadail eile agus bha iad cofhurtail gun robhar air chur a-steach amasan sinidh a ghabhadh ruigsinn ach a bha àrd-amasach.

Bha co-chomhairleachadh leis na com-pàirtichean air fad gu mòr mar phàirt den phròiseas airson nan amasan sinidh.

Maoin Cothromas Ro-innleachdail

A thaobh nan ùghdarrasan ionadail sin a chomharraich a' Mhaoin Cothromas Ro-innleachdail (SEF) sna h-ath cheumnan aca, tha a' mhòr-chuid a' toirt seachad fianais gun robhar air plana a leasachadh. Ann an cuid de shuidheachaidhean, thathar a' cleachdadh na maoin airson dreuchdan ùra a stèidheachadh. Far a bheil ùghdarrasan ionadail ag atharrachadh bho mhaoineachadh Dùbhlann no Prògram Sgoiltean, tha fianais ann gu bheil a' toirt seachad taic leantainneach airson phròiseactan a bha ann a-cheana. Tha comharraidhean ann gu bheil luchd-ionnsachaidh air a bhith an sàs ann an co-dhùnaidhean, ach chan eil gu coitcheann

Maoin Cothromas Ro-innleachdail

Tha an t-ùghdarras ionadail gu gnìomhach ag adhartachadh a' phlana SEF aca, a' gabhail a-steach le bhith a' fastadh oifigear SAC gu soirbheachail.

Bidh cur an dreuchd oifigear leasachaidh càileachd, air a mhaoineachadh le Maoin Cothromas Ro-innleachdail, a' cuideachadh le bhith a' toirt taic do sgoiltean ann a bhith a' sgrùdadh agus ag anailiseadh dàta.

Tha an t-ùghdarras ionadail a' dèanamh adhartas ann a bhith a' neartachadh guth nan sgoilearan. Tha planaichean aig ìre thràth airson conaltradh ri 'Buidheann nan Sgoilearan' agus ri 'Buidheann Comhairleachaidh Barnardo's de Dhaoine Òga' gus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean airson na Maoin Cothromas Ro-innleachdail an dèidh na bliadhna sgoilearach seo den dùbhlann.

Tha an t-ùghdarras ionadail air obrachadh le àrd-stiùirichean agus luchd-ùidhe eile gus plana ro-innleachdail ceithir bliadhna a leasachadh airson na Maoin Cothromas Ro-innleachdail

An dèidh co-chomhairleachadh, bha dleasan an luchd-obrach sa mheadhan air an atharrachadh gu bhith a' gabhail a-steach co-thaobhadh nas dlùithe ri prìomhachasan na Maoin Cothromas Ro-innleachdail a tha gan leasachadh.

Thathar air Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail a riarachadh gus taic a thoirt don chuimse leantainneach gum bithear a' leasachadh càileachd agus cunbhalachd ann an ionnsachadh agus teagasg gus a' bheàrn a lùghdachadh.

Maoin Cothromas Sgoileir

Chaidh adhartas cudromach a dhèanamh far an robh ùghdarrasan ionadail air Maoin Cothromas Sgoileir (PEF) a chomharrachadh mar an ath cheum. Tha an t-adhartas farsaing, ach ann an loidhne ris an Fhrèam-obrach, tha fianais nas làidire ann gu bheil a' cleachdadh planadh PEF barrachd, biodh sin air a ghabhail a-steach ann am planaichean leasachaidh sgoile no mar sgrìobhainnean a tha a' seasamh leotha fhèin.

Tha cuideachd barrachd fianais ann de dhearbhadh càileachd air a stiùireadh le ùghdarras ann a bhith a' luachadh buaidh a' mhaoineachaidh. Ann am beagan shuidheachaidhean, bhathar ag ainmeachadh phròiseasan airson tracadh agus sgrùdadh a dhèanamh air fo-chosg air PEF.

San fharsaingeachd, tha ùghdarrasan ionadail, a rèir coltais, ann an suidheachadh nas fhèarr a thaobh sgrùdadh agus luachadh a dhèanamh air buaidh PEF agus air a' bhuidh a thig bho mhodhan-obrach stèidhichte air fianais. Chithear seo san dòigh sa bheil a' cleachdadh dàta gu farsaing gus fios a thoirt air càite am bu chòir eadar-theachdan cuimsichte a bhith air an dèanamh an dà chuid aig ìre sgoile agus aig ìre ùghdarrais. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail a' cleachdadh modh-obrach nas làidire ann a bhith a' comharrachadh agus a' dùnadh bheàrn co-cheangailte ri bochdainn.

Tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' toirt taic do sgoiltean agus luchd-cleachdaidh le bhith a' tabhann raon de chothroman ionnsachaidh phroifeiseanta. Tha fianais a' comharrachadh gu bheil iad sin air an cruthachadh mar thoradh air pròiseasan fèin-luachaidh. Aig a' char as ìsle, tha meudachadh ann sa chonaltradh phroifeiseanta, taic agus comhairle mu chleachdadh PEF. Ann an cuid, tha oifigearan ùghdarrasan ionadail a' tadhal gus dearbhadh gu bheil an t-airgead ga chumseachadh gu h-ìomchaidh. Ann an cuid eile, tha sreath de thachartasan ann gus sgilean agus eòlas a leasachadh ann a bhith a' rianachd a' mhaoineachaidh.

Maoin Cothromas Sgoileir

Tha conaltradh proifeiseanta a' gabhail àite mu chleachdadh Maoin Cothromas Sgoileir agus tomhasan a tha air an comharrachadh ann am planaichean leasachaidh sgoile.

Tha an stiùiriche SAC a' leantainn air le conaltradh cunbhalach leis a' chomhairliche coileanaidh, a bhios a' tabhann comhairle agus stiùireadh, a' togail comas an luchd-obrach agus a' cur ri luachadh làidir air, agus buaidh bho, Mhaoin Cothromas Sgoileir.

Bha an comhairliche coileanaidh ag obair gu dlùth leis an ùghdarras ionadail gus lèirmheas a dhèanamh air planaichean PEF nan sgoiltean. Bha deagh chleachdadh air a chomharrachadh agus air a cho-roinn le ceannardan-sgoile tro thurasan dearbhaidh càileachd agus turasan comhairlichean coileanaidh gu suidheachaidhean.

Chaidh iarraidh air sgoiltean fèin-luachaidhean a choileanadh aig toiseach agus deireadh na bliadhna mun dòigh sa bheil iad a' cleachdadh dàta. Tha iad sin, agus planaichean leasachadh na bun-sgoile agus planaichean Maoin Cothromas Sgoileir, a' comharrachadh meudachadh ann am misneachd agus cleachdadh nas èifeachdaiche de dhàta ann a bhith targaid eachadh stòrasan a chum leasachaidh

Tha 32 sgoiltean thar an ùghdarrais air a bhith an sàs ann an co-thurais bhon oifigear leasachaidh càileachd agus an comhairliche coileanaidh. Tha na turasan sin air taic agus dùbhlann a thabhann do sgoiltean mun dòigh sa bheil iad a' cosg PEF gu làithreach, a' bhuidh a bha aige agus a thathar a' sùileachadh agus dè cho math 's a tha am planadh a' toirt taic do thargaid eachadh agus dearbhadh càileachd.

Leanaidh an t-oifigear leasachaidh càileachd agus an comhairliche coileanaidh orra a' cuimseachadh air mar a tha Maoin Cothromas Sgoileir ga cleachdadh. Bheir seo taic don obair air a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh

tron bhliadhna sgoilearach seo. Tha plana-gnìomha air a bhith air a chruthachadh stèidhichte air anailis bho phròiseasan dearbhaidh càileachd leantainnich. An dèidh seo, tha taic choitcheann, taic a bharrachd agus taic air a cuimseachadh gan tabhann do stiùirichean sgoile agus luchd-cleachdaidh air feadh an ùghdarras ionadail.

Tha an t-ùghdarras ionadail air deagh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' meudachadh mar a bhios iad a' sgrùdadh phlanaichean PEF agus a' tabhann dùbhlann agus taic do cheannardan-sgoile. Tha sgioba ùr de dh'àrd-oifigearan agus oifigearan stiùiridh co-obrachail a-nis a' dèanamh lèirmheas agus dearbhadh càileachd air planaichean PEF. Bidh na h-oifigearan seo a' sgrùdadh a bheil an dàta a tha sa phlana PEF a' co-thaobhadh ris an dàta a tha ann am plana leasachaidh na sgoile. Bidh fios air ais, taic agus stiùireadh gan toirt do cheannardan-sgoile.

Tha am modail riaghlaidh ùr airson PEF air a bhith air a chur an gnìomh gu soirbheachail. Tha teamplaid planaidh ùr ga toirt seachad gus taic a thoirt do cheannardan-sgoile ann a bhith a' tabhann modh-obrach ro-innleachdail gus an uiread 's a ghabhas fhaighinn a thaobh maoineachadh. Thathar air innse do cheannardan-sgoile mu na thathar a' sùileachadh a thaobh dè cho cudromach 's tha e a bhith a' fineachadh bhuilean agus thomhasan. Tha seiseanan ionnsachadh proifeiseanta air a bhith air an libhrigeadh do gach fear de na ceannardan-sgoile sa chlustair de naoi mu bhith a' meudachadh buaidh a' mhaoineachaidh seo agus a' cur seo an cèill nas soilleir sna planaichean PEF aca.

Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram

Tha beagan fianais ann gu bheil ùghdarrasan ionadail air adhartas a dhèanamh agus builean a leasachadh do chlann agus daoine òga a tha eòlach air cùram.

Annas na h-eisimpleirean as fheàrr, tha fianais làidir ann gu bheil co-obrachadh thar nam buidhnean a' toirt buaidh dheimhinneach air clann agus daoine òga a tha eòlach air cùram.

Airson cuid, tha planaichean air a bhith air an leasachadh a tha a' gabhail a-steach coileanadh a tha nas fharsainge, mar eisimpleir, Urras a' Phrionnsa agus Motivation Commitment and Resilience Pathways. Ann am beagan ùghdarrasan ionadail tha sgrùdadh nas dlùithe air frithealadh a' toirt fiosrachadh do eadar-theachdan targaidichte. Tha seo a' toirt buaidh dheimhinneach air clann agus daoine òga le eòlas air cùram.

Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram

Tha pròiseas ann far am bi tidsearan a tha nan tagraichean airson Pathways air an suidheachadh airson gach sgoil gus taic a thoirt do dhaoine òga le eòlas air cùram.

Tha na ceumannan a chuireadh an gnìomh gus adhartas a thacadh air na pròiseactan sin a tha stèidhichte air fianais, a' comharrachadh bhuilean deimhinneach airson luchd-ionnsachaidh.

Tha planaichean làidir ann an àite airson a' cheannaird-sgoile bhiorail, le builean agus measaidhean soilleir. Tha planaichean air an tracadh gu cunbhalach agus tha coinneamhan riaghlaidh air am frithealadh le obair shòisealta agus foghlam gus sgrùdadh air adhartas a ghoireasachadh. Tha an t-ùghdarras ionadail mothachail air

an fheum a tha ann an aon dèine a chleachdadh airson gach nì a thèid a chosg fon mhaoin seo.

Bidh co-obraichean ann an obair shòisealta, slàinte agus foghlam gu riaghailteach a' frithealadh choinneamhan lionra. Tha co-obrachadh ioma-bhuidhne a' gabhail àite gus conaltradh a dhèanamh air raointean leithid dìon-chloinne, eòlas air cùram agus An Gealltanais. Tha an t-ùghdarras ionadail a' fighe a-steach Dyadic Developmental Practice gus taic a thoirt do phàrantachadh chlann agus daoine òga. Tha co-obraichean bho shlàinte, obair shòisealta agus foghlam uile a' frithealadh trèanadh ioma-bhuidhne. Tha oifigearan-ceangail slàinte agus sunnd san sgioba Eòlas Cùraim a' leantainn orra ag obair le clann, daoine òga agus an teaghlaichean thar an ùghdarras gus dàimhean a thogail, fèin-mheas agus misneachd a leasachadh fhad 's a thathar cuideachd a' toirt taic do fhrithealadh sgoile.

Tha adhartas brìgheil air a bhith air a choileanadh a thaobh obair a tha a' toirt taic do chlann agus daoine òga an ùghdarras a tha eòlach air cùram. Tha sgioba ùr ann an àite gus taic a thoirt dhan bhuidhinn seo de luchd-ionnsachaidh agus do sgoiltean a bharrachd air leasachaidhean a dhràibheadh air adhart. Tha stiùireadh agus modhan-obrach ùra air a bhith air an cruthachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-ùghdarras a' coileanadh nan dleasan aca mar phàrant corporra agus dèanamh cinnteach gu bheil an tòiseachadh as fheàrr a ghabhas airson chlann agus daoine òga le eòlas air cùram. Chaidh seata innealan fèin-luachaidh a leasachadh agus tha planaichean ann an àite airson a chur an gnìomh thar nan sgoiltean san t-seisean seo. Bu chòir gum bi seo ag adhbharachadh togail comais, ag obair le sgoiltean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean agus a' mhisneachd aca gus comharrachadh tràth a dhèanamh, cho math ri bhith a' làn ghabhail a-steach agus a' toirt taic don bhuidheann seo de luchd-ionnsachaidh.

Tha dlùth-sgrùdadh air frithealadh a' leantainn air gus buaidh dheimhinneach a thoirt air frithealadh dhaoine òga a tha eòlach air cùram, gu sònraichte iadsan a tha san àrd-sgoil.

Bithear a' cumail sùil air cleachdadh na Maoine CECYP agus air adhartas nas fharsainge ann a bhith a' leasachadh bhuilean chlann agus daoine òga a tha eòlach air cùram ann an co-rèir ri ullachaidhean aontaichte an ùghdarras ionadail airson riaghladh ioma-bhuidhne.

Tha maoin eachadh CECYP cuideachd ga chleachdadh gus pròiseactan fad-ùine a mhaoin eachadh, leithid Urras a' Phrionnsa agus Motivation Commitment and Resilience Pathways. Tha na ceumannan a chuireadh an gnìomh gus adhartas a thacadh air na pròiseactan sin stèidhichte air fianais a' comharrachadh bhuilean deimhinneach airson luchd-ionnsachaidh.

Tha luachadh den obair a chaidh a dhèanamh ann an 2021-22, mar phàirt den Mhaoin CECYP, a' comharrachadh buaidh dheimhinneach air frithealadh, conaltradh, fiosrachadh sgoile, tràth-thaic agus dèiligeadh ri factaran a dh'fhaodadh air mhodh eile a bhith air adhbharachadh gun robh clann agus daoine òga air an àrach air falbh on dachaigh.

Roinn 2:

Cuspair: Cur an gnìomh ath-ùrachadh Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba

2.1 Riaghlachas agus rianachd

Tha an roinn seo a' toirt seachad tar-shealladh nua-aimsireil air ullachaidhean riaghlaidh agus rianachd airson Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba (an SAC) thar nan ùghdarrasan ionadail air fad. Cha mhòr nach eil na h-ùghdarrasan ionadail air fad a' comharrachadh tuilleadh freagarrachadh ann am pròiseasan riaghlaidh agus rianachd on chaidh an SAC ùrachadh. Rè na h-ùine aithrisidh seo, bha trì prìomh chuspairean cumanta air am fianaiseachadh agus gheibhear iomradh orra gu h-ìosal.

Ag aithriseadh do Bhuill Thaghte

Tha fianais bhon mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' toirt beachd gu bheil aithriseadh do Bhuill Thaghte a' leantainn air mar phrìomhachas sna pròiseasan riaghlaidh. Tha cunbhalachd an aithrisidh ag atharrachadh thar nan ùghdarrasan ionadail. Ach, far a bheil cunntas air a thoirt air, bidh seo a' tachairt co-dhiù gach bliadhna. Bidh aithrisean a' toirt chothroman a bhith a' co-roinn planadh, fiosrachadh mu chosg ionmhais, dàta agus fianais mu bhuaidh. Ann am beagan eisimpleirean, tha Buill Thaghte an sàs ann an tadhalan coileanaidh no ann an conaltradhean le sgoiltean. Mar thoradh air sin, tha comharraidhean ann gu bheil seo a' tabhann sgrùdadh èifeachdach an dà chuid air planaichean agus air buaidh an SAC.

Ag aithriseadh do Bhuill Thaghte

Tha trìd-shoilleireachd follaiseach tron adhartas agus buaidh a tha gan co-roinn gu riaghailteach le Buill Thaghte, le àrd-oifigearan agus le bòrd sheirbheisean chloinne. Chaidh obair bhrìgheil a dhèanamh gus dàta a thaisbeanadh ann an riochd ruigsinneach agus soilleir gus leigeil le sgrùdadh èifeachdach tachairt.

Tha fios mu adhartas ga thoirt do bhuill thaghte agus luchd-ùidhe aig dà chomataidh sgìreil gach bliadhna tro aithisgean air coileanadh àrd-sgoile agus air dèanadas bun-sgoile. Bidh an stiùiriche poileasaidh airson foghlam a' faighinn cunntas as ùr gach mìos agus a' cleachdadh nan aithrisean ràitheil aca airson fiosrachadh ùrachadh dha na Buill Thaghte eile. Bidh Buill Thaghte a' faighinn cuireadh gu gach àrd-sgoil san t-Samhain airson anailis mionaideach mu thoraidhean, a bhios a' gabhail a-steach cuimse air a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn.

Feumaidh an t-ùghdarras ionadail fios a thoirt gu riaghailteach agus gu gnàthach do Bhuill Thaghte mun phlanadh agus adhartas aca a thaobh gach sruth de Mhaoin Coileanaidh na h-Alba. Tha seo a' tabhann ìre eile de sgrùdadh agus cunntalachd mu phlanaichean sgoile an ùghdarras ionadail agus adhartas a thaobh a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

Tha conaltradh ri Buill Thaghte a' leantainn air mar thaobh cudromach de mhodh-obrach seirbheis an fhoghlaim gu riaghlachas Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba. Tha na Buill Thaghte air an deagh fhiosrachadh tro ùrachadh bliadhnail mu mhodhan-obrach na Maoine Cothromas Ro-innleachdail agus na Maoine Cothromas Sgoileir agus a' bhuaidh a th' aca, tro phàipear caibineit.

Bidh ceannard an fhoghlaim ag aithriseadh do na Buill Thaghte mun adhartas a thaobh a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh, agus bidh aithisgean comataidh coileanaidh gan taisbeanadh do chomataidh an fhoghlaim, spòrs agus seirbheisean chloinne.

Tha conaltradh ri Buill Thaghte a' leantainn air mar thaobh chudromach de mhodh-obrach seirbheis an fhoghlaim do riaghlachas an SAC. Tha fiosrachadh air a chumail riutha gu math tro ùrachadh bliadhna mu mhodhan-obrach agus buaidh SEF agus PEF.

Co-obrachadh

Tha obair ann an com-pàirteachas agus co-obrachadh mar phrìomh chuspairean ann am Fream-obrach Ath-shlànachadh agus Luathachadh Adhartas an SAC. Gu deimhinneach, tha modhan-obrach a thaobh co-obrachadh, obair ann an com-pàirteachas agus conaltradh ri luchd-ùidhe nam prìomhachasan sa mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Sna h-eisimpleirean as fheàrr, tha planaichean air an ullachadh le raon farsaing de chom-pàirtichean. Tha fianais a tha a' sìor-fhàs ann de bhuidhnean ioma-bhuidhne a' co-obrachadh gus planaichean a chur an gnìomh, le cuid de chomharran tràtha ann de bhuidhean leasaichte do chlann agus daoine òga. Cha mhòr nach eil a h-uile eisimpleir ag ainmeachadh co-chomhairleachadh ri ceannardan-sgoile. Tha comharran a tha a' sìor-fhàs ann gu bheil ùghdarrasan ionadail a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air tuigse cho-roinnte air an SAC agus am misean ùraichte.

Co-obrachadh agus obair ann an com-pàirteachas

Dh'obraich an t-oifigear stiùiridh ann an com-pàirteachas le luchd-ùidhe, ceannardan-sgoile agus an comhairliche coileanaidh gus sgrùdadh a dhèanamh air na beàrnan agus na taicean a bha a dhìth gus a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh. Mar thoradh air seo chaidh amasan sìnidh an ùghdarrais a chomharrachadh, a bharrachd air bun amasan agus fo-thomhasan a tha iomchaidh, àrd-amasach agus comasach a bhith air an coileanadh. Tha co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail eile tro thachartasan lìonra a' leantainn air a' dèanamh tuilleadh neartachaidh air planadh ùghdarrais ionadail.

Airson a' mhisein ùraichte, tha an t-ùghdarras ionadail a' cleachdadh modh-obrach a bhios a' gabhail a-steach a h-uile siostam, gus co-obrachadh a bhrosnachadh thar choimhearsnachdan ionnsachaidh.

Tha structairean co-dhùnaidh soilleir aig an ùghdarras ionadail a tha a' gabhail a-steach gach neach-ùidhe. Tha ceanglaichean làidir ann leis a' bhuidheann Cathraichean Comhairlean nam Pàrant a bha an sàs ann an co-chomhairleachadh an dà chuid mun phlana Maoin Cothromas Ro-innleachdail agus mu na h-amasan sìnidh. Tha oifigear stiùiridh Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba na phrìomh bhall den bhuidheann ionadail Caidreachas Bochdainn agus mar sin bha e furasta dhaihb a bhith a' co-chomhairleachadh riutha mar phàirt den phròiseas.

Tha com-pàirteachasan càileachd a' leantainn orra mar phàirt bhunaiteach de dhùbhlann coileanaidh an ùghdarrais. Tha Barnardo's, cainnt is cànan, leabharlannan, saidhceòlais foghlaim agus Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd air aontachadh, agus a' cur an gnìomh, planadh a tha a rèir amasan Modail Loidsig an SAC. Bidh na com-pàirtichean air fad ag ath-sgrùdadh agus ag aithriseadh air adhartas phlanaichean trì tursan sa bhliadhna. Bidh modhan-obrach cuideachd air an ath-sgrùdadh gus taic a thoirt do sheasmhachd.

Tha fianais làidir ann gu bheil barrachd obrach ann an com-pàirteachas a' tachairt gus leasachaidhean a libhrigeadh do luchd-ionnsachaidh; mar eisimpleir, tha an sgioba saidhceòlais foghlaim air taic a thoirt do libhrigeadh trèanadh altraim. Tha an sgioba in-ghabhaltais, a tha an urra ri bhith a' cur an gnìomh Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram, an sàs gu ìre nas motha ann a bhith a' libhrigeadh plana ùr cho-òrdanaichte SEF.

Tha fianais làidir ann gu bheil obair ann an com-pàirteachas èifeachdach a' libhrigeadh leasachaidhean do luchd-ionnsachaidh tro mhodail clustair cumhachdachaidh an ùghdarras ionadail. Mar eisimpleir, tha saidhceòlas foghlaim a' toirt taic do sgoiltean gus modhan-obrach altraim fhisge a-steach tro sheata de dh'innealan fèin-luachaidh agus tro bhith a' libhrigeadh ionnsachadh proifeiseanta.

Pròiseasan Dearbhadh Càileachd

San fharsaingeachd, bidh ùghdarrasan ionadail a' leantainn orra a' cuimseachadh air taghadh de phròiseasan dearbhadh càileachd. Sa mhòr-chuid, tha taic is dùbhlann air an tairgse do sgoiltean le oifigearan an ùghdarras ionadail. Bidh seo a' tachairt ann an raon de dhòighean, a' gabhail a-steach tadhalan coileanadh sgoile, lèirmheasan co-obrachail agus cuspaireil agus conaltradh ris na ceannardan-sgoile. Tha na pròiseasan sin a' faighinn taic bho anailis dàta, aig ìre na sgoile agus aig ìre an ùghdarras ionadail. A thuilleadh air sin, tha fianais ann gu bheil dhàta ga chleachdadh gus sùil a chumail air adhartas agus air buaidh nam modhan-obrach a tha gan cleachdadh gus an SAC a libhrigeadh.

Tha anailis on mheadhan de phlanaichean leasachaidh sgoile agus Maoin Cothromas Sgoileir na mhodh-obrach cumanta. Tha seo air a chleachdadh gus dearbhadh gu bheil a' cuimseachadh air co-ionannas. Tha beagan chomharran ann gu bheil an anailis seo, còmhla ri dàta coileanadh, ga cleachdadh gus sgoiltean a chomharrachadh far am faod feum a bhith ann airson taic chuimsichte. Thathar a' cumail orra a' fineachadh mhodhan-obrach airson 's gum bi iad a rèir misean ath-ùraichte an SAC.

Pròiseasan Dearbhadh Càileachd

Tha pròiseasan dearbhadh càileachd a chaidh a stèidheachadh an-uiridh air a bhith air am meudachadh. Tha a h-uile oifigear leasachaidh càileachd gu cunbhalach a' toirt taic agus dùbhlann a thaobh cothromas, nì a tha ag adhbharachadh barrachd uallach coitcheann airson beàrnann coileanadh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

Tha am modh-obrach a bhios a' cur sgoiltean ann an cairtealan air pròiseasan dearbhadh càileachd a neartachadh fhad 's a bhathar a' cumhachdachadh sgoiltean cuimse nas motha a bhith aca air cothromas. Tha an obair seo a' faighinn taic bhon oifigear leasachaidh càileachd a tha ùr san dreuchd agus a tha aig ìrean tratha de phlanadh agus cur an gnìomh prògram lèirmheas sgoile ann an co-obrachadh le ceannardan-sgoile.

Tha an t-ùghdarras air freàman-obrach ùrachadh agus a leasachadh barrachd gus taic a thoirt do aithriseadh air Inbhean agus Càileachd agus planadh leasachadh sgoile. Tha seo air dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ann agus leasachadh air feadh nan sgoiltean a thaobh planadh agus aithriseadh. A bharrachd air sin, tha e air taic a thoirt do sgoiltean ann a bhith a' dèanamh anailis air èifeachdas cosg agus ag aithris air buaidh eadar-theachdan cuimsichte. Tha Maoin Cothromas Sgoileir

mar nì a tha an-còmhnaidh air a' chlàr-ghnothaich air gach tadhal coileanaidh, a' toirt cothrom do dh'oifigearan ceangal leasachaidh càileachd agus do chomhairlich coileanaidh a bhith a' toirt taic agus dùbhlàn do sgoiltean.

Tha am pròiseas airson tadhalan leasachaidh sgoile air lèirmheas fhaighinn bhon phrìomh sgioba leasachaidh càileachd. Bha seo a' gabhail a-steach dearbhadh càileachd de dh'aithisgean agus prìomh theachdaireachdan. Tha luachadh a' phròiseis air leasachaidhean a chomharrachadh a bhios a' dèanamh cinnteach gum bi barrachd cunbhalachd agus co-leanailteas ann an dearbhadh càileachd. Tha iad sin a' gabhail a-steach: a' comharrachadh seata de cheistean aontaichte airson conaltradh proifeiseanta; cruth coitcheann airson fios air ais gu sgoiltean; agus a' dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean-breithneachaidh de luchd-ionnsachaidh a' riochdachadh coimhearsnachd agus deamografaidh na sgoile air fad. Tha am PEF agus a' bhuidhean a thig bho eadar-theachdan aig ìre na sgoile air an gabhail a-steach, a' brosnachadh conaltradh proifeiseanta cunbhalach a tha cuimsichte air cothromas.

Buidhnean, Fòraman agus Sruthan-obrach

Gu ìre nas lugha, tha ùghdarrasan ionadail air buidhnean, fòraman no sruthan-obrach sònraichte a stèidheachadh gus taic a thoirt do phròiseasan riaghlachais agus rianachd. Tha na h-ullachaidhean obrach agus raointean-dleastanais aca sin ag atharrachadh gu mòr. Tha cuid de bhuidhnean aig ìre ro-innleachdail agus tha uallach orra airson dearbhadh càileachd agus sgrùdadh phlanaichean. Tha buidhnean ro-innleachdail cuideachd air an aithneachadh mar nì a bhios a' tabhann ìre de riaghlachas agus cunntasachd airson taobhan ionmhasail de Mhaoin Coileanaidh na h-Alba. A thuilleadh air sin, tha eisimpleirean ann de bhuidhnean ioma-bhuidhne a' planadh, a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh lèirmheas air gnìomhachd leasachaidh aig ìre ro-innleachdail.

Ann an ùghdarrasan ionadail eile, tha sruthan-obrach gan cur air bhonn a dh'aon-ghnothaich gus prìomh thaobhan de dh'obair a chur an gnìomh a thaobh co-ionannas, an SEF agus amasan sìnidh. San fharsaingeachd, bidh na sruthan-obrach sin ag aithriseadh do bhuidheann ro-innleachdail taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail.

Buidhnean, fòraman agus sruthan-obrach

Tha an t-ùghdarras ionadail an sàs sa phròiseas gus buidheann riaghlaidh airson Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba a chur air bhonn. Is e dleastanas na buidhne seo a bhith a' cumail sùil air mar a thathar a' cosg Maoin Cothromas Ro-innleachdail. Bidh buaidh nan eadar-theachdan/modhan-obrach cuideachd air an sgrùdadh agus air an tomhas le cleachdadh èifeachdach ga cho-roinn thar an ùghdarrais ionadail. Aig an toiseach, bidh am buidheann a' gabhail a-steach raon de luchd-dreuchd a' riochdachadh tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil, àrd-sgoil agus seirbheisean taic, mar eisimpleir saidhceòlas foghlaim. Nì seo cinnteach gum bi modh-obrach com-pàirteachais co-obrachail ann a thaobh dùnadh a' bheàim coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn agus a' comasachadh conaltradh den chleachdadh as fheàrr.

Bidh buidheann cothromas ro-innleachdail os-shealladh air a stèidheachadh gus taic a thoirt do sheasmhachd na ro-innleachd. Bidh prìomh bhuill de sgioba an ùghdarras ionadail, ceannardan sgoile, am prìomh oifigear dàta agus an comhairliche coileanaidh a' gabhail pàirt gu gnìomhach ann a bhith a' cruthachadh ro-innleachd airson ìrean coileanaidh àrdachadh. Bidh feadhainn comharraichte de bhuill a' bhuidhinn seo cuideachd nam buill den bhuidheann airson cothromas ro-innleachdail os-shealladh.

Chaidh aontachadh gur ann tro ghrunn shruthan-obrach sònraichte a bhithear a' manaidseadh os-shealladh agus sgrùdadh adhartais an coimeas ri amasan sinidh an SAC. Bidh na sruthan-obrach sin ag aithriseadh air ais chun a' bhùird airson àrdachadh coileanaidh san Fhaoilleach agus sa Chèitean 2023.

Tha ullachaidhean riaghlaidh gu bhith air am mathachadh barrachd tro bhith a' cruthachadh bòrd os-shealladh SEF, le riochdachadh bho raon farsaing de chom-pàirtichean a' gabhail a-steach foghlam, 'Coimhearsnachdan Fàsmhor', seirbheisean foghlaim saidhceòlach agus seirbheisean sòisealta. Bidh am buidheann seo a' dèanamh cinnteach gum bi riatanasan riaghlaidh air an gabhail os làimh a rèir an Fhrèam-obrach. Tha Foghlam Alba air cuireadh fhaighinn a bhith mar phàirt den bhòrd seo gus barrachd dùbhlàn, comhairle agus taic a thoirt seachad. Bidh am bòrd seo a' togail air com-pàirteachasan a tha ann a-cheana a tha a' toirt taic do chur an gnìomh an SAC.

A thuilleadh air na ceithir prìomh chuspairean sin, tha grunn nithean coitcheann ann as fhiach a thoirt fa-near. Tha iad sin a' gabhail a-steach:

- Modhan-obrach a thaobh anailis dàta, trèanadh air litearras dàta agus cleachdadh shiostaman tracadh agus sgrùdaidh.
- A' leasachadh plana ro-innleachdail ioma-bhliadhnail no amasan sinidh.
- Ro-innleachdan agus frèaman-obrach a tha a' toirt taic do àrdachadh ìrean coileanadh agus planadh airson cothromas.

2.2 Maoin Cothromas Ro-innleachdail

Tha fianais làidir ann gu bheil ùghdarrasan ionadail air beachdachadh gu cùramach air an dòigh as fheàrr air feum a dhèanamh de Mhaoineachadh Cothromas Ro-innleachdail. Sna h-eisimpleirean as fheàrr tha seo air a bhith a' gabhail a-steach fèin-luachadh, a' dèanamh lèirmheas air obair a tha a' dol, co-chonaltradh le luchd-ùidhe agus a' meòrachadh air ionnsachadh ro-làimh gus planaichean làidir a leasachadh.

Pròiseasan Planaidh

Gus rian a chumail air an eadar-ghluasad bho mhaoineachadh Ùghdarras Dùbhlain gu Maoineachadh Cothromas Ro-innleachdail, rinn an t-ùghdarras ionadail lèirmheas air a' phlana a bha aca roimhe airson SAC agus mar thoradh air seo chaidh goireasan a thoirt air falbh, ath-chuimseachadh no a chumail. Tha am plana SEF seo tòrr nas cuimsichte air taic a thoirt do dh'ath-shlànachadh agus air a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

Tha am plana SEF a tha ann an-dràsta stèidhichte air ionnsachadh ro-làimh bho lèirmheasan cuspaireil, sgoiltean Prògram Sgoiltean agus ionnsachadh bho ùghdarrasan ionadail eile.

An dèidh co-chomhairleachadh farsaing le ceannardan sgoile agus luchd-ùidhe chaidh plana SEF a chur na àite. Tha luchd-obrach an ùghdarras a' dol an sàs le riatanasan Freàm-obrach an SAC agus tha iad ag obair gu math leis a' chomhairliche coileanaidh, a' comharrachadh eadar-theachdan gus taic a thoirt do choinneachadh nan amasan sinidh.

An dèidh fèin-luachadh agus co-chomhairleachadh le raon de luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach ceannardan sgoile agus luchd-cleachdaidh, tha an t-ùghdarras air planadh gu cùramach mar a chleachdas iad an t-sùim lùghdaichte de mhaoineachadh agus iad a' dol bho inbhe ùghdarras dùbhlain.

Tha beagan fianais ann gu bheil planadh SEF, airson co-dhiù beagan ùghdarrasan ionadail, mar phàirt de phlanaichean ro-innleachdail nas fharsainge a tha a' comharrachadh mar a tha gnothaichean a bhios a' trasnadh diofar raointean poileasaidh ag amas air dèiligeadh ri neo-chothromas agus cothroman beatha a leasachadh dhaibhsan air am bi bochdainn a' toirt buaidh.

Planaichean ro-innleachdail nas fharsainge

Tha 'Am Freàm-obrach airson Cothromas' a' cur an cèill lèirsinn far am bi stòrasan co-roinnte air an cur an seilbh gus cuimseachadh air tràth-thaic agus obair-bhacaidh airson clann agus daoine òga a bhith aig teis-mheadhan ghnòthaichean gus dèiligeadh ri neo-ionannas agus leasachadh cothroman beatha.

Leasaich an t-ùghdarras ionadail a' chiad plana SEF aca gus stòras a leudachadh agus comas a thogail gus taic a thoirt do dh'amasan a' phlana ro-innleachdail còig bliadhna aca. Tha am plana a' toirt dealbh de na h-amasan fad-ùineach thar raointean poileasaidh a tha a' trasnadh a chèile, a' gabhail a-steach Frèam-obrach Leasachadh Nàiseanta, An Gealltanas agus Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne.

Bu chòir gum bi an SEF, air fhoghe a-steach taobh a-staigh modhan-obrach ro-innleachdail an ùghdarras ionadail gus builean a leasachadh airson clann, daoine òga agus an teaghlaichean, a' cuideachadh ann a bhith a' daingneachadh seasmhachd nan eadar-theachdan as èifeachdaiche agus ìrean maoinachaidh a' crìonadh thairis air na beagan bhliadhnaichean a tha romhainn.

Tha an SEF a' maoinachadh taghadh de dh'obair gus raon de bhuilean deimhinneach a lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach a bhith a' lùghdachadh neo-ionannas slàinte, a' meudachadh frithealadh, a' leasachadh coileanadh agus a' meudachadh cinn-uidhe dheimhinneach. Tha grunn ùghdarrasan ionadail a' cruthachadh maoin dom faod sgoiltean iarrtas a chur a-steach gus pròiseactan co-cheangailte ri cothromas a thoirt air adhart.

Iomairtean maoinichte

Tha cothrom aig gach clustair sgoile air co-dhiù aon obraiche-òigridh làn-ùine. A' leantainn feallsanachd a tha a' brosnachadh tràth-thaic agus modh-obrach ioma-bhuidheann, faodaidh stiùirichean sgoile tar-chur a dhèanamh airson pàiste no neach òg. Tha an siostam seo a' dèanamh cinnteach gu bheil modh-obrach cothromach agus ceart ann thar a' chom-pàirteachais, a' dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn aig a bheil am feum as motha a' faighinn prìomhachas. Tha tar-churan cuimsichte air an dèanamh a chionn 's gu bheilear air bacaidhean gu

ionnsachadh a chomharrachadh leithid irean ìosal de fhrithealadh, às-dùnadh agus dìth conaltraidh agus com-pàirteachaidh.

Bidh cuid de mhaoineachadh SEF air a cleachdadh gus togail air a' phròiseact cainnt, cànan agus conaltradh a chuireadh an gnìomh gu soirbheachail ann an sgoiltean-àraich mar phàirt den SAC le bhith a' cur an gnìomh deuchainn de dh'atharrachadh ann an ceithir bun-sgoiltean. Tha am pròiseact ioma-dhìosal seo ag amas air comas a thogail airson luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith a' leasachadh cainnt, cànan agus sgilean conaltraidh ann an co-theacsa P1, tro bhith a' co-obrachadh le teiripiche spèisealaichte cainnt is cànan.

Bidh cuid den mhaoineachadh SEF a' dol gus taic a thoirt do dh'obair teaghlaich agus modh-eòlas leasachaidh. Tha còmhraidhean tràtha air planadh a' comharrachadh gum bithear a' gabhail a-steach ionnsachadh proifeiseanta gus taic a thoirt do dhùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn ann an litearras, àireamhachd agus slàinte agus sunnd, a bharrachd air meantoradh airson sgoilearan aig an ìre as àirde gus taic a thoirt do choileanadh amasan sìnidh.

Bidh an t-ùghdarras ionadail a' cleachdadh h-maoineachadh SEF gus tabhartasan eadar-theachdan SEF a thoirt a-steach.. Bidh sgoiltean a' cur iarrtas a-steach airson maoineachadh tro thabhartas eadar-theachdan SEF gus pròiseactan deilbhite san sgoil a libhrigeadh airson tomhasan Frèam-obrach Leasachadh Nàiseanta a libhrigeadh agus amasan sìnidh an ùghdarrais ionadail.

Tha ceanglaichean soilleir a' nochdadh eadar planadh SEF agus amasan sìnidh. Tha planaichean a' cur an cèill gu bheil builean ann an litearras, àireamhachd, frithealadh agus cinn-ùidhe dheimhinneach a' stiùireadh mòran de na h-iomairtean.

Ceanglaichean ri amasan sìnidh

Thathar ag iarraidh air oifigearan ionnsachaidh teaghlaich a bhith ag obair leis na sgoiltean aca gus taic a thoirt do theaghlaichean a tha air a bhith air an comharrachadh mar feumach air taic gus frithealadh an cuid chloinne a mheudachadh. Tha planaichean airson frithealadh sgoile a mhathachadh cuideachd a' gabhail a-sreath de bhùithtean-obrach airson sgoiltean mu dheidhinn frithealadh agus com-pàirteachadh a bhios air an libhrigeadh tron t-seisean cho math ri bhith ag obair gu dlùth leis an t-seirbheis saidhceòlais foghlaim. Bheir seo taghadh de thaic do sgoiltean agus teaghlaichean gus frithealadh sgoile a mheudachadh.

Tha maoineachadh ga chleachdadh gus taic a thoirt do luchd-cleachdaidh a bhith a' leasachadh stòras litearras cothromach de fhèin-luachadh airson sgoiltean. Tha maoineachadh cuideachd ga shònrachadh airson an t-srutha-obrach air frithealadh sgoile. Bidh seo mar sgàthan air a' mhodail soirbheachail a chaidh a leasachadh leis an sgioba cheannard-sgoile bhiortail, nì a leasaich frithealadh sgoile am measg chlann a tha eòlach air cùram san ùghdarras. Bidh am maoineachadh mar phileat airson modh-obrach a bhios coltach ri seo ach airson clann a tha fo bhuidh bochdainn.

Bidh SEF ann an 2023-26 a' cuimseachadh gu mòr air litearras tro bhith a' stèidheachadh sgioba eadar-theachd. Bidh na sgoiltean targaidichte, a' gabhail a-steach sa mhòr-chuid sgoiltean leis an àireamh as motha de luchd-ionnsachaidh ann an còigeamhail a h-aon, a' faighinn taic gus luachadh a dhèanamh air planadh, ionnsachadh, teagasg agus modhan-obrach measaidh airson litearras. Cuiridh seo ri plana a thèid a cho-chruthachadh, a dh'aon ghnothaich a' cuimseachadh air irean coileanaidh àrdachadh ann an litearras do na h-uile agus dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn.

Anns gach aon de na h-àrd-sgoiltean, bidh SEF ga chleachdadh gus cur ri dreuchd prìomh-thidsear a tha ann a-cheana airson ceannardas a thoirt air modhan-obrach a thaobh cothromas agus a bhith a' coileanadh amasan sinidh an ùghdarras.

Tron mhodail clustair cumhachdachaidh, bidh ceannardan sgoile a' cleachdadh tidsearan coileanaidh clustair gu bhith ag obair gu dìreach le clann agus daoine òga air an tug bochdainn a' bhuidheas as motha le eadar-theachdan ann an litearras agus àireamhachd. Bidh am prògram pathways a' leantainn air a' toirt taic do dhaoine òga a tha fon chunnart as motha a bhith a' falbh bho ionnsachadh gu dol air adhart gu cinn-uidhe dheimhinneach an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail.

Tha fianais làidir ann gu bheil SEF air an cothrom a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail a bhith a' cur ris an ìre de luchd-obrach a tha ann an-dràsta le dreuchdan a tha a' cuimseachadh gu sònraichte air beàrnan ceangailte ri bochdainn a lùghdachadh. Tha mòran de na dreuchdan sin a' cur ri sgiobaidhean a tha sa mheadhan a-cheana gus taic a thoirt do sgoiltean. Mar eisimpleir, le bhith a' tabhann dàta làidir agus ionnsachadh proifeiseanta gus litearras dàta a mheudachadh cho math ri bhith a' toirt taic is dùbhlann gu bhith a' leasachadh ceannardas nas èifeachdaiche. Tha luchd-obrach spèisealta air a bhith air an suidheachadh cuideachd gus taic a thoirt do eadar-theachdan cuimsichte.

Luchd-obrach

San t-seisean seo tha an t-ùghdarras a' cleachdadh an SEF gus barrachd luchd-obrach fhastadh. Tha ceithir dreuchdan air a bhith air an stèidheachadh le sùil ri bhith a' tabhann barrachd taic, dùbhlann agus stiùireadh do cheannardan sgoile mu chleachdadh agus rianachd PEF.

Bidh cuid den mhaoineachadh ga chleachdadh gus prìomh oifigear fhastadh airson Maoin Cothromas Ro-innleachdail a bhios ag obair le raon de luchd-ùidhe airson siostaman agus pròiseasan a leasachadh airson tracadh, sgrùdadh agus anailis dàta.

Tha an t-ùghdarras ionadail air maoineachadh a chleachdadh gus an sgioba dàta aca a neartachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil anailis de dh'àrd-chàileachd a' gabhail àite. Tha iad cuideachd air seann cheannard bun-sgoile, a bha air a dhreuchd a leigeil dheth o chionn ghoirid, a shuidheachadh gus stiùireadh agus taic a thoirt do stiùirichean a tha ùr nan dreuchd air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil a' leasachadh ceannardas de dh'àrd-chàileachd anns na sgoiltean air fad.

Maoinichidh SEF dreuchd oifigear leasachaidh càileachd.

Bidh prìomh dhleastanasan sònraichte na dreuchd a' gabhail a-steach:

- tracadh agus sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh agus air coileanadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh agus teagasg de dh'àrd-chàileachd ann gu cunbhalach thar nan sgoiltean air fad*
- a' cruinneachadh, ag anailiseadh agus a' cleachdadh raon de fhiosrachadh air dèanadas sgoiltean gus dùbhlann agus taic a thoirt ann a bhith a' leasachadh agus a' co-roinn cleachdadh*
- ag obair ri taobh co-òrdanaiche Chlann agus Daoine Òga Eòlach air Cùram gus tracadh, sgrùdadh agus taic a thoirt do chlann is daoine òga le eòlas air cùram*
- a' toirt taic do, agus a' cumail sùil air, na prìomh phròiseasan co-cheangailte ri planadh leasachadh sgoile ann an sgoiltean*

- a' co-obrachadh ris an neach-stiùiridh SAC agus ris a' chomhairliche coileanaidh gus 'Ro-innleachd air Àrdachadh Coileanaidh' ullachadh Maoinichidh SEF cuideachd co-òrdanaiche taic teaghlaich.

Togaidh an t-ùghdarras suas comas cuideachd sa sgioba sa mheadhan le bhith a' fastadh barrachd luchd-obrach. Tha suidheachaidhean planaichte a' gabhail a-steach:

- Bidh manaidsèar pròiseict Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba (SAC) air a shuidheachadh gus taic a thabhann a chomasaicheas eadar-theachdan, a tha air an cur an gnìomh gu soirbheachail agus a tha stèidhichte air fianais, fon Mhaoin Cothromas Sgoileir (PEF) aig ìre na sgoile fa leth.
- Bidh co-òrdanaiche ionnsachadh proifeiseanta air a shuidheachadh gus a bhith a' stiùireadh gach taobh de dh'ionnsachadh proifeiseanta gus taic a thoirt do ghnìomhan leasachadh càileachd agus gus beàman coileanaidh a dhùnadh.
- Bidh ball den sgioba clèireachd air a shuidheachadh gus gach gnìomh co-cheangailte ri treànadh agus leasachadh a cho-òrdanachadh agus taic rianachd a thabhann don sgioba maoinichte tro SAC.
- Bidh ball neach-anailis dàta air a shuidheachadh gus leasachadh agus taic a thoirt do shiostaman a nì e comasach anailis dàta a thaobh leasachadh nas èifeachdaiche a dhèanamh ann an sgoiltean.
- Bidh saidhceòlaiche foghlaim pàirt-ùine air a shuidheachadh gus stiùireadh practas stèidhichte air fianais agus eadar-theachdan èifeachdach airson beàrnan coileanaidh a dhùnadh.
- Bidh oifigear pròiseict airson cinn-uidhe deimhinneach air a shuidheachadh air stèidh pàirt-ùine gus taic chuimsichte a thabhann do bhuidheann de luchd-ionnsachaidh air an comharrachadh a bhith "ann an cunnart". Obraichidh iad ann an com-pàirteachas le sgiobaidhean-sgoile agus co-obraichean bho sheirbheisean òigridh.

Tha am plana SEF a' gabhail a-steach luchd-obrach teaghlaich, tidsear pàirt-ùine airson sheirbheisean òigridh agus prìomh-thidsear airson "Eòlas-teagaisg airson Cothromas".

Gu deimhinneach, tha co-obrachadh agus com-pàirteachasan èifeachdach a' tighinn às mar phrìomh chuspairean ann an grunn phlanaichean SEF. Sna h-eisimpleirean as fheàrr, tha com-pàirtichean an sàs ann am planadh, cur an gnìomh agus luachadh phlanaichean.

Com-pàirteachasan agus co-obrachadh

Bidh grunn chom-pàirtichean, gu sònraichte clann agus teaghlaichean, obair shòisealta, an sgioba a bhios a' cur an gnìomh 'An Gealltanais', bòrd churaidhean, Leasachadh Sgìlean na h-Alba, Leasachadh Sgioba-obrach Òg agus luchd-obrach bhon cholaiste ionadail a' cur ri bhith a' cleachdadh na maoin agus a' cur ri maireannachd a' phlanaidh.

Bheir SEF taic cuideachd le bhith a' cruthachadh iomairt leughaidh airson ùghdarrasan ionadail. Cuimsichidh am prògram seo air sgìlean litearraib bunaitich a dh'fheumar gus builean leughaidh agus sgrìobhaidh a leasachadh. Tha seo air a stiùireadh leis an sgioba sa mheadhan, a tha a' co-obrachadh le com-pàirtichean eile mar cheannardan sgoile, teirpichean labhairt is cànanain agus saidhceòlaichean foghlaim.

Tha am modail ioma-bhuidheann a' leantainn air a bhith na eileamaid chudromach den t-sruth-obrach sunnd nas fheàrr, ionnsachadh nas fheàrr. Tha am modh-obrach

seo, co-obrachadh le ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd, air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh agus teaghlaichean. Is e aon de na h-amasan sìnidh a bharrachd aig an ùghdarras ionadail a bhith a' meudachadh na h-àireimh de theaghlaichean a tha a' faighinn taic san dòigh seo.

Tha buidheann stiùiridh ùr a' chom-pàirteachais ro-innleachdail air a bhith air a stèidheachadh anns a bheil raon de chom-pàirtichean, an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh sheirbheisean foghlaim. Is e adhbhar na buidhne seo a bhith ag aontachadh ri cosg an SEF stèidhichte air fianais den bhuidheann a bheir e seachad. A thuilleadh air sin, nì e cinnteach à modh-obrach so-leanta thar Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba, PEF agus planaichean eile leithid an ro-innleachd airson àrdachadh coileanaidh, Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd, seirbheis saidhceòlais foghlaim, poileasaidh sòisealta agus seirbheis an aghaidh bochdainn. Is e prìomh eileamaid den seo a bhith a' cruthachadh ochd pròiseactan co-obrachail stèidhichte air obair ann an com-pàirteachas.

Tha beagan eisimpleirean ann de chaidreachasan leasachaidh roinneil a' tabhann modh èifeachdach airson co-obrachadh agus practas co-roinnte.

Caidreachasan Leasachaidh Roinneil

Tha an dreuchd coidse dàta air a bhith air àrdachadh tro SEF gus dèanamh cinnteach gu bheil sgoiltean a' faighinn taic iomchaidh gus frithealadh a leasachadh. Co-obrachaidh an t-ùghdarras ionadail leis a' chaidreachas leasachaidh roinneil gus an t-àrd-amas aca a thoirt gu buil san raon seo.

Tha an t-ùghdarras ionadail a' planadh gus a' chuimse aca air co-obrachadh agus tomhasan-measaidh ùrachadh tro bharrachd ghnìomhan taobh a-staigh agus taobh a-muigh a' chaidreachais leasachaidh roinneil.

Le bhith ag obair ann an com-pàirteachas thar an ùghdarrais ionadail, bidh an caidreachas leasachaidh roinneil agus lìonran nàiseanta a' leigeil le cleachdadh glè èifeachdach a bhith air a cho-roinn gus taic a thoirt do leasachaidhean ann an cleachdadh èifeachdach de eadar-theachdan cuimsichte.

Tha fianais ann gu bheil grunn ùghdarrasan ionadail air [Modail Loidsig an SAC](#) a chleachdadh ann a bhith a' leasachadh am modhan-obrach a thaobh SEF. Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' dearbhadh bhuilean agus a' planadh mar a bhios buaidh air a thomhas.

Modailean Loidsig

Tha an ro-innleachd air cothromas air a thaisbeanadh ann an riochd modail loidsig a tha a' gabhail a-steach na teachdaireachdan àrd-ìre agus builean na ro-innleachd. Tha am modail seo air a chleachdadh gus dèanamh cinnteach à co-thaobhadh ri comhairle agus stiùireadh Foghlaim Alba co-cheangailte ri SAC.

Tha an t-ùghdarras ionadail air riochd ionadail a leasachadh de Mhodail Loidsig Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba le amasan gearr-ùine air an dealbh a tha a' stiùireadh a' phlana bhliadhnail aca. Tha ceannardan sgoile eòlach air a' Mhodail Loidsig agus tha iad air lèirmheas a dhèanamh air an dòigh sa bheil am modail a rèir a' phlanaidh aca fhèin.

Tha sruthan-obrach air a bhith air an aontachadh a stiùireas amasan gearr-ùine a' mhodail loidsig air adhart. Mar thoradh air seo tha gach pàirtiche sna sruthan-obrach, a' gabhail a-steach com-pàirtichean, air planaichean bliadhnail a

chruthachadh le builean agus tomhasan agus planaichean gnìomh tìmeil co-cheangailte ris a' Mhodail Loidsig.

Tha an ro-innleachd SEF air a taisbeanadh ann an riochd modail loidsig a tha a' gabhail a-steach teachdaireachdan aig àrd-ìre. Tha seo stèidhichte air a' Mhodail Loidsig bho ùrachadh SAC. Ach, tha diagram mionaideach de dhràibhearan air a ghabhail a-steach ann cuideachd, le amasan gearr-ùine agus gnìomhan airson 2022-23. Tha an t-ùghdarras ionadail air comharrachadh mar a thèid sùil a chumail air adhartas agus mar a thèid cunntas a thoirt air taobh a-staigh mionaideachd Modail Loidsig SAC.

2.3 Maoin Cothromas Sgoileir

Tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' gabhail pàirt nas gnìomhaich ann a bhith a' toirt taic do, agus a' cumail sùil air, mar a thathar a' cleachdadh PEF. Tha mòran air cunntas a ghabhail de stiùireadh ùraichte SAC agus air prìomh sgrìobhainnean eile ann a bhith a' fineachadh am modhan-obrach. Tha an fhianais a' moladh gu bheil cudrom nas meudaichte air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil seilbheachd ann am PEF a' leantainn air adhart gu builean leasaichte airson clann agus daoine òga air a bheil bochdainn a' toirt buaidh.

Tha grunn ùghdarrasan ionadail air an stiùireadh PEF aca, a tha iad a' toirt do sgoiltean, ùrachadh o chionn ghoirid. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil e a rèir nam prìomh theachdaireachdan a tha ann an ùrachadh SAC agus [Maoin Cothromas Sgoileir: stiùireadh obrachaidh nàiseanta 2022](#). Tha a' mhòr-chuid de sgrìobhainnean ùghdarras ionadail a' cur an cèill sùileachaidhean soilleir airson sgoiltean a thaobh planadh PEF. Tha grunn ùghdarrasan ionadail air teamplaidean planaidh PEF a leasachadh o chionn ghoirid gus dèanamh cinnteach gu bheil builean agus tomhasan air am mìneachadh gu soilleir.

Stiùireadh

Tha an stiùireadh ùraichte a' mìneachadh gum feum sgoiltean modh-obrach a ghabhail a tha co-obrachail, làn fhianais, àrd-amasach agus a bhios a' dèanamh luachadh. Bu chòir do phlanaichean mìneachadh nam modhan-obrach a bu chòir a chleachdadh gus adhartas a thomhas agus gus pròiseasan dearbhadh càileachd a leapachadh. Tha an stiùireadh seo co-thaobhaichte ris an stiùireadh obrachaidh nàiseanta a chuireadh an clò sa Mhàrt 2022.

Tha stiùireadh ionadail PEF air a bhith air ùrachadh o chionn ghoirid. Tha seo a' co-thaobhadh ri prìomh theachdaireachdan san stiùireadh nàiseanta PEF. Tha am feum a bhith a' cuimseachadh nam modhan-obrach air an fheadhainn a tha a' fuireach ann am bochdainn air a bhith air a chomharrachadh a-rithist. Tha prìomh fhoillseachaidhean a' toirt taic do ùrachadh an SAC air a bhith air a chur ris, mar sin a' dèanamh cinnteach gu bheil na stòrasan as ùire air an co-roinn gu cunbhalach.

Tha fream-obrach na Maoine Cothromas Sgoileir a chaidh a leasachadh san t-seisean a chaidh seachad a' ciallachadh gu bheil sgrùdadh nas cunbhalach agus nas làidire air a dhèanamh air a' mhaoineachadh. Tha e a' toirt cunntas soilleir air uallaichean thidsearan, luchd-obrach ùghdarras ionadail agus an comhairliche coileanaidh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil PEF air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus beàman co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh agus gus taic a

thoirt do dh'ath-shlànachadh. Tha e cuideachd a' leapachadh nam pròiseasan planaich, sgrùdaidh agus aithris air PEF gu làidir taobh a-staigh a' phròiseas dearbhadh càileachd ùr leasaichte.

Tha an riochd planaich gu soilleir a' toirt taic do sgoiltean beachdachadh air na beàrnan aca agus builean a ghabhas tomhas a shuidheachadh gus dèiligeadh riutha sin.

Tha lèirmheas phlanaichean agus conaltradh mu bhuidh PEF a' fàs gu bhith nam pàirtean bunaiteach de phròiseasan dearbhadh càileachd ùghdarras ionadail. Tha seo ag àrdachadh comas luchd-obrach sa mheadhan a bhith nas èifeachdaiche a' deilbh taic airson sgoiltean.

Dearbhadh Càileachd

Chaidh pròiseas de chuimseachd phlanaichean PEF a ghabhail os làimh a rèir an stiùiridh ùraichte. Tha seo air geur-bheachdan cuideachail a thoirt seachad a bhios a' toirt buaidh air feumalachdan leasachaidh an luchd-obrach a thaobh PEF agus luachadh. Thug seo stiùir don tairgse de ionnsachadh proifeiseanta agus taic chuimsichte do sgoiltean. Tha fios air ais agus taic coidsidh do cheannardan sgoile agus an sgiobaidhean àrd-stiùiridh air cuimseachadh air a bhith a' togail comais mu phlanadh èifeachdach, cur an sàs agus tracadh de eadar-theachdan PEF.

Tha atharrachaidhean ris na tadhalan sgoile airson dearbhadh càileachd a' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradhean làidir leis na sgoiltean mu bhuidh PEF. Bithear a' sùileachadh gum bi e comasach do sgoiltean a bhith a' bruidhinn mu luchd-ionnsachaidh fa leth agus mar a tha stòrasan PEF air an cleachdadh airson taic a thoirt dhaibh. Thathar a' sùileachadh gum bi e comasach do sgoiltean a bhith a' comharrachadh buaidh PEF a thaobh a bhith a' dùnadh na bheàirn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn.

Gus dearbhadh càileachd a thoirt seachad air planaichean agus cur an gnìomh PEF, ghabh an t-oifigear leasachaidh càileachd (QIO) agus an comhairliche coileanaidh (AA) os làimh co-dhearbhadh càileachd de shampall de phlanaichean PEF an aghaidh slatan-tomhais stèidhichte bho stiùireadh nàiseanta agus ionadail. Tha anailis den seo air a bhith air a cho-roinn ri ceannard na seirbheise, manaidsaran foghlaim agus QIOs. Tha an AA agus an QIO air plana-gnìomha a chruthachadh stèidhichte air an anailis seo, a tha a' gabhail a-steach taic uile-choitcheann, a bharrachd agus cuimsichte do sgoiltean, a bhith a' cruthachadh buidheann luchd-ùidhe cothromais gus cur ris na cuspairean lionra cothromais agus gus cuideachadh ann a bhith a' cur fiosrachadh ris an taic a bhios air a tabhann leis a' chomhairliche coileanaidh.

Tha na planaichean PEF air fad a-nis air a bhith air an cruinneachadh agus na cuspairean a tha cumanta air a bhith air an toirt asta. Dh'ullaich an comhairliche coileanaidh aithisg os-shealladh de phlanaichean PEF agus ann an aonta leis an stiùir SAC, thathar air sgoiltean a chomharrachadh a tha a' cur feum air tuilleadh taic gus am plana aca a leasachadh. Tha cuairtean gu sgoiltean leis an stiùir SAC agus/no an comhairliche coileanaidh air a bhith air am planadh tron t-Samhain gus dèanamh cinnteach gum bi na leasachaidhean sin air an coileanadh.

Tha cuairtean buaidh PEF a' leantainn orra a' toirt dùbhlann agus taic agus tha an t-ùghdarras ag amas a bhith a' cruthachadh cearcall de chuairtean gus dèanamh cinnteach gum bi na sgoiltean air fad a' faighinn cuairt PEF thar trì bliadhna. Bithear a' cuimseachadh air sgoiltean sònraichte a dh'fhaodadh a bhith a' cur feum air taic nas motha, gu sònraichte feadhainn le ìrean mòra de bhochdainn. Tha planaichean PEF air fad air a bhith air am barantachadh a thaobh càileachd leis an stiùir SAC, ann an com-pàirteachas leis a' chomhairliche coileanaidh, agus bha

eisimpleirean de phractas èifeachdach air an co-roinn leis na ceannardan sgoile air fad san t-Sultain. Lean seo gu tuigse cho-roinnte mu shùileachaidhean mu chleachdadh èifeachdach de dhàta, feallsanachdan stèidhichte air fianais agus builean agus tomhasan air an deagh phlanadh airson PEF.

Thathar a' sùileachadh gum bi na sgoiltean ag aithris air buaidh PEF sna h-Aithisgean Inbhean agus Càileachd (SQRs). Ach, tha nas lugha de dh'fhianais gu bheil SQRs air an sgrùdadh no air an cleachdadh cho èifeachdach mar phlanaichean PEF gus fios a chur ri tuilleadh ghniomhan ùghdarrais ionadail.

Tha ùghdarrasan ionadail, maille ri an comhairlichean coileanaidh, a' tabhann raon de thaic do sgoiltean a thaobh PEF. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad pacan dàta agus trèanadh gus am bi e nas fhasa do sgoiltean a bhith a' comharrachadh bheàrn co-cheangailte ri bochdainn. Tha fiosrachadh mu eadar-theachdan sònraichte, ionnsachadh proifeiseanta agus seiseanan aon-ri-aon air an tabhann. A thuilleadh air sin, tha cothroman a bhith a' co-roinn practas a' cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil PEF air a chumseachadh gu h-ìomchaidh.

Taic

Tha an t-ùghdarras ionadail a' toirt seachad pacan fiosrachaidh dàta aig trì amannan thar na bliadhna sgoilearaich. Is urrainn dha na ceannardan sgoile an uair sin an fhianais dàta seo a chleachdadh gus co-dhùnaidhean a stèidheachadh air cosgais agus eadar-theachdan PEF.

A' cleachdadh pròifilean dàta eileagtronaigeach ìre-sgoile, tha gach suidheachadh a' faighinn tuilleadh taic gus modh-obrach fiosraichte le dàta gus beàrn coileanaidh a chomharrachadh agus gus beachdachadh air ciamar a dh'fhaodar PEF a chleachdadh gus tuilleadh taic choitcheann a thabhann.

Tha ionnsachadh proifeiseanta agus cuairtean taic bhon chomhairliche coileanaidh agus an stiùir SAC air a bhith air an tabhann gus comas a thogail ann an àrd rianachd agus rianachd eadar-mheadhanach mu phlanadh agus cur an sàs PEF.

Tha an t-oifigear leasachaidh càileachd airson cothromas agus an comhairliche coileanaidh a' toirt taic do stiùirichean sgoile le bhith a' tadhal orra gu riaghailteach gus conaltradh a bhrosnachadh mu neartan agus raointean dùbhlain. Tha seo a' leantainn gu meudachadh de thuigse agus misneachd le stiùirichean sgoile ann am planadh airson cothromas.

Chùm an dà chuid an t-oifigear cothromas agus in-ghabhaltas agus an comhairliche coileanaidh tachartas practas co-roinn èifeachdais gus barrachd mothachadh a thogail de stuth ùraichte SAC a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid agus gus tuilleadh taic a thoirt do phlanadh.

Tha taic agus stiùireadh air an tabhann mu rianachd ionmhasail den PEF. Tha coinneamhan riaghailteach le oifigearan ionmhais agus taic le solarachadh ag amas air cuid den bhiurocrasaidh a lùghdachadh. Tha seo a' leigeil le ceannardan sgoile cuimseachadh air planadh agus cur an sàs èifeachdach den PEF. Tha mòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' gabhail cheumanna gus sùil a chumail air cosgais agus gus comhairle a dh'aon ghnòthaich a thoirt mu bhith a' lùghdachadh fo-chosgaisean. Ach,

tha grunn ùghdarrasan ionadail air planaichean a leasachadh gus fo-chosgaisean a lùghdachadh nach deach a chur an gnìomh gu lèir fhathast.

Ionmhas

Tha an t-ùghdarras ionadail a' fastadh prìomh oifigear airson cothromas gus sùil a chumail air buidseatan PEF agus SEF. Tha an t-oifigear seo a' cumail sùil air cosgais agus a' toirt taic do cheannardan sgoile le ceistean sam bith mu ionmhas cho math ri bhith ag obair le roinnean eile den chomhairle agus luchd-ùidhe. Bidh ceannardan sgoile a' bruidhinn glè dheimhinneach mu thaobh ionmhasail na taice seo.

Chaidh obair a thoirt gu crìoch o chionn ghoirid le tras-bhuidhinn de cheannardan sgoile agus le sgioba luchd-obrach sa mheadhan gus frèam-obrach solar PEF ùrachadh. Tha seo ag eagrachadh nan tairgsean a bhios com-pàirtichean agus solaraichean san treas roinn a' toirt do sgoiltean gus feabhas luach agus a' bhuidhinn air builean airson chlann agus daoine òga a mheudachadh. Chaidh am modh-obrach seo aithneachadh le ceannardan sgoile mar nì a bhios a' lùghdachadh biurocrasaidh PEF san eacarsaich luachaidh a rinneadh gu nàiseanta air PEF ann an 2021.

An dèidh fo-chosg susbainteach san t-seisean a chaidh seachad, tha sgrùdadh susbainteach de chosg PEF air a bhith air a thoirt a-steach aig ìre ùghdarras ionadail. Tha seo air dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh as ùire aig na manaidsèaran seirbheise mu fo-chosg sna sgoiltean. Leanaidh na manaidsèaran seirbheise agus an comhairliche coileanaidh air adhart le sgoiltean far a bheil fo-chosg mòr ann. Tha e air aithneachadh, a thaobh cuid de sgoiltean, gun robh grunnan bhacaidhean ann a thaobh a bhith a' cosg am PEF sònraichte. Bha buaidh aig dìth luchd-obrach, agus aig pròiseasan fastaidh an ùghdarras ionadail, air a' chomas gu bhith a' lìonadh nan dreuchdan a chaidh a chomharrachadh ann am planaichean sgoiltean airson PEF. San t-seisean seo tha sgoiltean air a bhith air am misneachadh a bhith a' cleachdadh modail 'stad, tòisich, lean air adhart'. Nì seo cinnteach gum bi maoinèachadh air ath-stiùireadh far a bheil fastadh luchd-obrach na dhuilgheadas.

Bidh ionnsachadh proifeiseanta mu sgrùdadh ionmhasail air a thabhann do cheannardan sgoile san t-Samhain. Ann a bhith a' leasachadh an sgilean agus an tuigse, thathar a' sùileachadh gum bi barrachd misneachd aig ceannardan sgoile a thaobh a bhith a' rianachd am buidseatan PEF.

Chuir àrd-oifigearan cuideam air cho cudromach 's a bha e a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil am PEF air a riarachadh gu h-èifeachdach agus gu luath, a' gabhail a-steach càil a chaidh a thoirt air adhart bho 2021-2022. Bidh coinneamhan air an cumail gach mìos eadar an sgioba ionmhais, oifigearan an ùghdarras ionadail agus an comhairliche coileanaidh gus lèirmheas a dhèanamh air caiteachas PEF. Tha ùrachaidhean air adhartas PEF air an co-roinn gu riaghailteach le oifigearan leasachaidh càileachd, leis an àrd-sgioba ceannardais agus leis a' bhòrd àrdachadh coileanaidh. Tha an obair seo air an t-ùghdarras a chuideachadh tar-shealladh soilleir a bhith aca mu chosg PEF agus feumalachdan an t-siostaim. Faodar a' bhuidhinn seo fhaicinn mu thràth ann an gnìomhan a tha air an gabhail os làimh le sgoiltean cuimsichte, leithid planadh leasaichte no anailis dàta.

Tha an sgioba sa mheadhan air leth mothachail gu bheil fo-chosg brìgheil aca an lùib PEF. Tha am prìomh oifigear stiùiridh air a bhith ag amas air seo a rèiteachadh. Ach, ri linn dàil bhon sgioba ionmhais a thaobh chùisean comais agus tinneis, tha dealbh ceart de na tha de fo-chosg ann fhathast ri dhearbhadh. Chaidh seo àrdachadh chun an sgioba-stiùiridh air an taobh a-staigh. Aon uair 's gun tèid a rèiteachadh, thathar air aontachadh gun toir an AA taic agus stiùireadh don sgioba ionmhais agus practas a cho-roinn bho ùghdarrasan ionadail eile mu mar as urrainn dhaibh a bhith a' sgrùdadh agus a' tracadh na maoinè seo gu soirbheachail.

Tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' faicinn leasachaidhean ann am planadh agus cur an gnìomh PEF. Mar eisimpleir, planadh leasaichte a tha stèidhichte air anailis co-theacsail a tha air leantainn air adhart gu tuigse nas fheàrr air beàrnan co-cheangailte ri bochdainn cho math ri modhan-obrach sgrùdaidh nas làidire.

Leasachaidhean

Tha planaicheansgoiltean a-nis deagh-bheachdaichte agus stèidhichte air fèin-luachadh làidir a ghabhas a-steach beachdan chloinne agus daoine òga, pàrantan, com-pàirtichean agus luchd-obrach. Tha siostaman ùra agus nas èifeachdaiche ann agus sgrùdadh agus tracadh a dhèanamh air adhartas an neach fa leth agus bhuidhnean. Tha sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a-nis ann an deagh àite gus buaidh air ionnsachadh fhianaiseachadh agus a' bheàrn a tha co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh.

Tha an lèirmheas air planaichean a' comharrachadh gu bheil a' mhòr-chuid de sgoiltean le feallsanachd shoilleir agus làidir mun dòigh sa bheil an cosg PEF stèidhichte; gu bheil cleachdadh dàta nan sgoiltean ann am planadh PEF air meudachadh; agus gu bheil builean agus tomhasan nas cuimsichte.

Tha ceannardan sgoile air aithris gu bheil misneachd agus soilleireachd leasaichte aca ann am planadh agus aithriseadh air PEF. Tha conaltraidhean AA le ceannardan sgoile a' toirt fianais air cuimse nas neartmhoire air a bhith a' leasachadh coileanadh chloinne agus dhaoine òga a tha fo bhuidh bochdainn. .

Tha QIOs a' toirt cunntas air planaichean leasachaidh sgoile mar a bhith a' sìor-chomharrachadh planadh, sgrùdadh agus luachadh PEF leasaichte. Tha modhan-obrach dearbhaidh càileachd a' moladh gu bheil com-pàirteachas luchd-ùidhe mar dhealbh a tha a' leasachadh thar an ùghdarrais.

Tha dhà no trì eisimpleirean ann de phlanadh agus cur an gnìomh leasaichte aig a bheil builean leasaichte mar thoradh. Ach, ann an cuid de chùisean chan eil seo air buaidh a thoirt air ìrean coileanaidh fhathast.

Buidh

Tha anailis dàta 2021-2022 a' comharrachadh gun robh 89% de luchd-ionnsachaidh air na builean a ruighinn, no a ruighinn gu ìre, a bhathar a' sùileachadh de dh'eadar-theachdan clàraichte PEF.

Tha leasachadh comas an tidseir tro choidseadh le co-inbheach, beachd-shùil agus leasachadh inneal dìlseachd air leantainn gu eòlas-teagaisg cunbhalach de dh'ard-chàileachd a thaobh labhairt mu àireamhan. Tron mhodh-obrach seo fhuair meudachadh ann an coileanadh àireamhachd.

Tha na toraidhean a' comharrachadh buaidh mheasgaichte le tòrr dàta deimhinneach mu litearras agus àireamhachd. Ach, cha do mheudaich na toraidhean sin gu bhith mar mheudachadh ann an ìrean coileanaidh.

Tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail ag aithneachadh gu bheil feum air tuilleadh obrach gus dèanamh cinnteach às a' chleachdadh as èifeachdaiche de PEF. Tha iad a-cheana air cuid de na h-ath cheumannan a chomharrachadh. Tha iad sin a' soilleireachadh gu bheil ùghdarrasan ionadail aig diofar ìrean nan slighe leasachaidh.

Na h-Ath-cheumannan

Tha cleachdadh dàta agus measadh na beàirn anns gach sgoil fhathast na raon airson leasachadh. Fiosraichidh seo dùbhlán agus taic bhon oifigear ceangail airson gach sgoil.

Tha an t-ùghdarras ionadail mothachail air an fheum a tha ann fios air ais a thoirt air gach plana mar phàirt den phròiseas dearbhadh càileachd. Bheir an comhairliche coileanaidh seachad ionnsachadh proifeiseanta mu bhith a' comharrachadh bhuilean agus tomhasan èifeachdach, gus comas agus misneachd ceannard sgoile a thogail.

Tha an t-oifigear cothromais an-dràsta an sàs sa phròiseas a bhith ag ath-leasachadh stiùireadh ionadail PEF airson sgoiltean gus dèanamh cinnteach gu bheil seo a rèir an stiùiridh nàiseanta as ùire.

Tha an t-ùghdarras ionadail a' beachdachadh air planaichean agus seiseanan sònrachaidh PEF a lìbhrigeadh, mar a chaidh a dhèanamh ron mhòr-ghalair, gus practas èifeachdach a cho-roinn.

B' e aon phrìomh raon, a chaidh a chomharrachadh gu làidir tro thachartas co-obrachadh SAC an ùghdarrais, cho cudromach 's a tha co-obrachadh thar sgoiltean ann a bhith a' cleachdadh PEF. Mar thoradh air sin, tha an t-ùghdarras an sàs sa phròiseas a bhith a' stèidheachadh buidheann leasachaidh seirbheise le cuimse shònraichte air a bhith ag àrdachadh co-obrachadh thar sgoiltean mu chleachdadh PEF.

Tha raointean de leasachadh leantainneach a' gabhail a-steach dèanamh bhuilean nas cuimsichte agus nas comasaich air tomhas, a' dèanamh cinnteach gu bheil cosgaisean ceart agus gu bheil an t-sùim de PEF air fad air a bharantachadh. Bidh sgrùdadh nas mionaidiche air planaichean agus cosg PEF a' dèanamh cinnteach gum bi a' bhuidheann mhiannaichte air an neach-ionnsachaidh a tha fon anacothrom as motha.

Tha obair fhathast ri dèanamh ann a bhith a' toirt taic do cheannardan sgoile a thaobh cur feabhas air sgrìobhadh mu bhuilean agus tomhasan ann a bhith a' planadh airson PEF agus a' co-thaobhadh maoineachadh ann an dòigh nas soilleir.

2.4 Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram

Tha a' mhòr-chuid de dh'ùghdarraisan ionadail air Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram a chleachdadh gus ceannardan sgoile no prìomh luchd-obrach fhasadh. Tha anailis a' toirt beachd gu bheil na dleasan aca a' gabhail a-steach a bhith a' coimhead thairis air raon de mhodhan-obrach cuimsichte. Bidh iad cuideachd a' tracadh agus a' cumail sùil air adhartas chlann agus daoine òga a tha eòlach air cùram. Ann an grunn eisimpleirean, bidh iad a' cluich prìomh dhreuchd ann a bhith a' toirt taic agus a' comasachadh ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach ann an sgiobaidhean sa mheadhan agus ann an suidheachaidhean.

Ceannard bhìortail/prìomh luchd-obrach

Dh'aontaich buidheann comhairle ioma-bhuidheann san t-seisean mu dheireadh gum bu chòir Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram a bhith air a' cleachdadh gus co-òrdanaiche CECYP a shuidheachadh.

Bidh oifigear leasachaidh càileachd cuideachd air a' mhaoineachadh 0.7fte gus a bhith a' stiùireadh agus a' co-òrdanachadh na h-obrach dham bheil a' Mhaoin CECYP a' toirt taic.

Tha an t-ùghdarras a' cleachdadh a' mhaoineachaidh a gheibh iad airson dèiligea dh'riuthasan a tha eòlach air cùram ann an dòigh iomlanach, a' maoineachadh prògram

sgoile bhiortail cho math ri bhith a' cur ris an Sgioba Eòlach air Cùram aig a' Chom-pàirteachas Slàinte agus Cùram Shòisealta.

Tha an ceannard sgoile bhiortail a' leantainn air a' togail comais san sgioba sgoile bhiortail tro ionnsachadh proifeiseanta a' gabhail a-steach practas stèidhichte air fianais agus an Clasrum Cofhulangach agus Ceangailte, air a stiùireadh le saidhceòlaichean foghlaim.

Tha fianais ann a tha a' sìor-fhàs gu bheil ùghdarrasan ionadail a' gabhail ri modh-obrach ioma-bhuidhinn a thaobh planadh, cur an gnìomh agus luachadh mhodhan-obrach. Tha seo a' gabhail a-steach bùird ioma-bhuidheann tar-shealladh a tha a' cuimseachadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidhinn as motha a ghabhas aig a' mhaoineachadh seo. Tha beagan fianais ann gu bheil ùghdarrasan ionadail a' leantainn orra a' dèanamh lèirmheas air poileasaidhean, planaichean agus practasan gus co-thaobhadh ris An Gealltanais àrdachadh.

Modhan-obrach iomadh-bhuidhinn

Tha a' Mhaoin CECYP air a rianachd le foghlaim ann an com-pàirteachas le co-obraichean bho shlàinte agus cùram shòisealta. Tha an obair gnìomha air a stiùireadh le oifigear foghlaim a tha a' toirt taic dhìreach do chur an gnìomh agus luachadh mhodhan-obrach air am maoineachadh tron chosg seo.

Tha a' Mhaoin CECYP air a rianachd le co-obraichean bho sheirbheisean chloinne obair shòisealta ann an com-pàirteachas le foghlaim. Am-bliadhna, bidh riaghladh na maoine fo stiùir a' Bhùird Àrdachaidh Coileanaidh.

Leasaich an ceannard sgoile bhiortail, a' co-obrachadh leis a' Bhuidheann Stiùiridh Pàrantachadh Corporra agus luchd-ùidhe, plana deilbh agus libhrigidh seirbheis mar fhreagairt dhìreach air an Gealltanais agus Plana 21-24.

Tha fianais ann de cho-obrachadh làidir eadar foghlaim agus obair shòisealta gus a bhith a' cruthachadh na ro-innleachd agus plana aca 'Ag Ionnsachadh le Cùram', aig a bheil dlùth cheangal ri An Gealltanais, Ceartas do Gach Pàiste agus Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne.

Dh'innis cha mhòr an dàrna leth de na h-ùghdarrasan ionadail gun robh iad a' cleachdadh a' mhaoineachaidh airson dreuchdan sònraichte mar luchd-obrach ceangal-dachaigh, coidsichean, meantoirean agus luchd-cleachdaidh. Tha cuimse shònraichte ann a thaobh a bhith a' leasachadh frithealadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-staigh agus deiseil airson ionnsachadh. Tha leasachadh bhùilean airson chlann agus daoine òga a tha eòlach air cùram a' tighinn a-mach mar phrìomhachas airson mòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Tha seo cuideachd a' gabhail a-steach aithne airson nan coileanaidhean pearsanta tro dhùisean iomchaidh mar Dynamic Youth agus Saltire. Tha grunn ùghdarrasan ionadail a' leantainn orra a' cleachdadh a' mhaoineachaidh gus taic a thoirt do bhith a' libhrigeadh Slighean Motivation Commitment agus Resilience ann an suidheachaidhean.

Modhan-obrach cuimsichte

Tha na còidsichean airson obair 16+ a' tabhann taic a thaobh comas-obrach do chlann agus daoine òga a tha eòlach air cùram. Mar thoradh air seo tha àireamh a tha a' fàs de luchd-ionnsachaidh a' faighinn àiteachan ann am foghlam adhartach, prògraman comais-obrach agus fastachd.

Tha aon bhuil den chom-pàirteachas seo a' gabhail a-steach meudachadh ann an luchd-ionnsachaidh a tha a' coileanadh Duaisean Dynamic Youth agus Saltire.

Bidh prògram meantoraidd air a thabhann do dhaoine òga a tha a' fuireach gu ne-eisimeileach. Tha seo ag amas air taic fhaireachail a thoirt seachad agus com-pàirteachadh ann an ionnsachadh adhartach no obair a mheudachadh.

Tha a' Mhaoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram a' goireasachadh com-pàirteachadh ann an Slighean Motivation Commitment agus Resilience. Tha fios air ais bho shuidheachaidhean a' comharrachadh iomairtean aig a bheil builean de dhòigh-giùlain leasaichte, meudachadh ann an com-pàirteachadh agus fèin-luachadh àrdaichte.

Tha fianais a tha a' sior-fhàs ann gu bheil maoineachadh a' toirt buaidh dheimhinneach air leasachadh builean. Ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail tha àireamh nas motha de chlann agus daoine òga aig a bheil eòlas air cùram a' faighinn agus a' cumail suas cinn-uidhe dheimhinneach. Tha adhartas eile a' gabhail a-steach frithealadh leasaichte agus lùghdachadh san àireamh de dh'às-dhùnaidhean.

Ged a tha soidhnichean ann de dh'adhartas, tha e air aithneachadh le cuid de dh'ùghdarrasan ionadail gu bheil fhathast mòran obrach ri dhèanamh gus builean na cloinne agus daoine òga sin a tha eòlach air cùram a leasachadh. Tha e soilleir ann an cuid de chùisean nach eil na builean aca cho làidir an uair a thèid an co-mheas ri co-aoisean eile. Mar thoradh air sin, tha àireamh chudromach de dh'ùghdarrasan ionadail air seo a chuireadh mar chuireadh sna h-amasan sinidh 'a bharrachd' aca.

Tha fianais ann gum feum beag-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail cur ris na planaichean a tha aca an-dràsta airson modhan-obrach a chur an gnìomh agus a luachadh. Cuidichidh seo gu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidh as fheàrr ann air a' chloinn agus daoine òga a tha eòlach air cùram.

Builean

Chan eil na reatan frithealaidh airson luchd-ionnsachaidh a tha eòlach air cùram ach beagan nas ìsle an uair a thathar gan co-mheas ris a' chòrr den àireamh-shluaigh choitcheinn san sgoil. Tha cuideachd lùghdachadh leantainneach san reata de dh'às-dhùnadh am measg an luchd-ionnsachaidh sin.

A thaobh luchd-ionnsachaidh S5 a tha eòlach air cùram, tha leasachadh san treand sa cheud a tha a' coileanadh SCQF ìre 4 agus 5 ann an litearras agus àireamhachd. Ann an 2022 bha an ceudad seo nas àirde na bha an ceudad airson a' choimeasaiche bhiorail.

Tha targaideachadh dhaoine òga san ìre as àirde le oideachadh ann an litearras agus àireamhachd aig ìrean SCQF 3 agus 4 air leantainn air adhart gu beàrn nas lùghdaichte an coimeas ri an co-aoisean aig na h-ìrean sin. Tha coileanadh airson na buidhne seo de luchd-ionnsachaidh nas àirde na na toraidhean nàiseanta.

Chaidh 96% de luchd-fàgail a tha eòlach air cùram gu ceann-uidhe deimhinneach as t-samhradh 2021 agus chùm 85% dhiubh an ceann-uidhe dheimhinneach seo san t-suiribhidh a chaidh a dhèanamh an dèidh seo.

Tha an t-ùghdarras air chur romhpa gum bi iad a' cuimseachadh aon de na h-amasan sìnidh 'a bharrachd' aca air feabhas a chur air frithealadh chlann agus dhaoine òga eòlach air cùram, gu h-àraidh iadsan a tha fo chùram aig an dachaigh no aig an robh eòlas air cùram ron seo.

Aig an àm seo, tha aonta air mar a thèid a' mhaoin a chleachdadh gus an taic as fheàrr a thoirt don bhuidhinn seo fhathast ga dheasbad. Is e raon a tha seo a bu chòir a-nis a bhith mar phrìomhachas.

2.5 Amasan sìnidh

Is e prìomh eileamaid den Fhrèam-obrach airson Ath-shlànachadh agus Ath-luathachadh Adhartais an riatanas a tha ann airson ùghdarrasan ionadail a bhith a' suidheachadh amasan sìnidh. Tha treudachadh den dàta seo air fhoillseachadh [Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba – amasan sìnidh ionadail 2022 gu 2023](#).

Tha fianais a' cur an aire gun do chleachd a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail raon farsaing de dhàta agus anailis co-theacsail gus taic a thoirt don obair aca ann a bhith a' suidheachadh amasan sìnidh. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' coimhead ri coileanadh thar ùine, a' beachdachadh air dèanadas cuibheasach agus as fheàrr agus a' meòrachadh air treandan nàiseanta.

Dàta

Bheachdaich àrd-stùirichean san sgioba sa mheadhan air an dàta a bha ri fhaotainn, a' gabhail a-steach ìre-sgoile, adhartas thar ùine agus ùghdarrasan nàiseanta agus coimeasaiche.

Bha pròiseas nan ùghdarrasan ionadail airson a bhith a' suidheachadh nan amasan sìnidh aca a' gabhail a-steach sgrùdadh làidir co-theacsail de dhàta làithreach agus eachdraidheil. Bha an siostam tracaidh, a tha air a dheagh shuidheachadh, a' leigeil le sgrùdadh èifeachdach a bhith air a dhèanamh air dàta co-cheangailte ri clann a bha fo bhuidhinn bochdainn agus coimeasan eadar co-aoisean Q1 agus Q5.

Bha an t-ùghdarras a' meòrachadh air dèanadas cuibheasach agus as fheàrr cho math ri bhith a' cleachdadh an eòlais aca air an fheadhainn a bha a' tighinn air adhart bho P3 agus P6.

Bha staitistear an ùghdarras ag obair leis an AA gus na tùsan dàta a chomharrachadh a bhiodh feumail ann a bhith a' cur fiosrachadh ris na co-dhùnaidhean mu amasan sìnidh. Chaidh deas-bhòrd a chruthachadh a bha a' sealltainn nan seataichean dàta sin thar ùine, a bha a' dèanamh coimeasan nàiseanta agus ionadail agus a bha a' leigeil leis na h-amasan sìnidh airson 2022-23 a bhith air an cur ris.

Bha co-chomhairleachadh agus co-obrachadh le raon de luchd-ùidhe air an comharrachadh le grunn ùghdarrasan ionadail mar phrìomhachas ann a bhith a' dèanamh cinnteach à co-sheilbh air amasan sìnidh. Mar thoradh air seo tha tuigse nas fheàrr aig sgoiltean air a' phàirt a tha aca ann a bhith a' cur ri coileanadh nan amasan sìnidh. Tha àireamh chudromach de dh'ùghdarrasan ionadail air modh-obrach bho shìos a chleachdadh an uair a bhios iad a' suidheachadh nan amasan sìnidh aca. Tha sgoiltean, leotha fhèin no le bhith a' co-obrachadh le oifigearan on mheadhan, air na cuimsean coileanaidh aca fhèin a shuidheachadh. Tha an dàta sin an uair sin air a

bhith air a chur ri chèile gus an ruig iad amasan sinidh an ùghdarras. Ged nach eile e cumanta, tha beagan fianais ann gu bheil beag-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' suidheachadh chuimsean ìre sgoile sa mheadhan.

Co-chomhairleachadh agus co-obrachadh

Tha am pròiseact SAC air obrachadh gu dlùth ris a' chomhairliche coileanaidh, stiùirichean an sgioba sa mheadhan, gach ceannard sgoile agus com-pàirtichean gus na h-amasan sinidh agus plana SEF aca a leasachadh. Mar thoradh air a' mhodh-obrach cholaisteach seo tha misneachd aig an ùghdarras ionadail gu bheil na h-amasan aca miannach air adhartas.

B' e pròiseas air leth co-obrachail a bha ann an leasachadh nan amasan sinidh, a bha làn ghabhail a-steach buidheann reifreans a' cheannaird sgoile. Tha seo air dèanamh cinnteach gu bheil gach sgoil dealasach, an dà chuid a thaobh amasan sinidh agus a thaobh a' phròiseis sgrùdaidh agus tracadh a tha co-cheangailte riutha.

Rinn co-obrachadh làidir thar an ùghdarras cinnteach gun robh am pròiseas stèidhichte air fèin-luachadh èifeachdach, sgrùdadh làidir air dàta, com-pàirteachadh le luchd-ùidhe agus co-thaobhadh ri plana foghlaim an ùghdarras agus ris an fhream-obrach airson in-ghabhaltas.

Chaidh comhairle a shireadh bho stiùirichean sgoile tro fo-bhuidheann a' bhùird àrdachadh coileanaidh agus ann an còmhraidhean bhuidhnean breithneachaidh rè latha leasachadh ceannardais. Tha na h-amasan a-nis air a bhith air an aontachadh agus air an co-roinn leis a' bhòrd àrdachadh coileanaidh, le Buill Thaghte sa chomataidh ionnsachadh fad-beatha agus le sgoiltean. Tha oifigearan leasachaidh càileachd air a bhith ag obair le sgoiltean gus amasan ìre sgoile a shuidheachadh a rèir amasan sinidh an ùghdarras ionadail.

Tha planaichean ann airson lèirmheas a dhèanamh air, agus piseach a chur air, a' chothrom a tha aig ùghdarrasan ionadail air dàta ìre sgoile agus ìre suidheachaidh airson coileanadh a thracadh. Bidh àrd-sgoiltean a' dol an sàs ann an coinneamhan coileanaidh le oifigearan sa mheadhan far am bi amasan sinidh sgoile co-cheangailte ri amasan an ùghdarras ionadail air an suidheachadh.

Tha pròiseas nan amasan sinidh air a bhith air a leasachadh gus làn chunntas a ghabhail de bhith a' suidheachadh targaid sgoile fa leth. Is e modh-obrach 'bho shìos' a tha seo, far a bheil dàta a tha ann a-cheana airson tracadh sgoile agus sgrùdadh agus treànadh air a chleachdadh gus targaidean a chomharrachadh airson luchd-ionnsachaidh a tha aig ìre thràth, aig a' chiad ìre agus aig an dàrna ìre ann am bun-sgoil clas 1,4 agus 7.

Tha an t-ùghdarras ionadail air an dàta coitcheann aca a chleachdadh gus a bhith a' comharrachadh agus ag aontachadh amasan fa leth leis gach sgoil stèidhichte air an dàta deamografach. Tha na h-amasan ìre sgoile sin air an obrachadh a-mach a' cleachdadh dàta mu ìrean coileanaidh làithreach, co-theacsa sgoile, treandan eachdraidheil, fiosrachadh coimeasaiche bhiortail agus cuibheasan ionadail is nàiseanta.

Tha grunn mhodhan-obrach cumanta a' nochdadh mu mar a bhios adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh nan amasan sinidh air am marasglachadh is air an luachadh. Bidh iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh siostaman dàta ionadail no fios air ais aig ìre sgoile gus anailis a dhèanamh a thaobh adhartas aig prìomh phuingeann tron t-seisean. Tha còrr air an treas cuid de dh'ùghdarrasan ionadail air innse gu bheil iad cuideachd a' cleachdadh choinneamhan lèirmheas coileanaidh le

suidheachaidhean gus cuideachadh ann a bhith a' cumail sùil air adhartas. Nì seo e comasach dhaibh a bhith a' cuimseachadh na taice a bheir iad do shuidheachaidhean far a bheil sin iomchaidh.

A' cumail sùil air adhartas

Bidh adhartas a thaobh coileanadh nan amasan sinidh air a thracadh mar phàirt de fhreàm-obrach ùraichte leasachaidh càileachd an ùghdarras ionadail a' gabhail a-steach foghlam lionc agus tadhalan manaidsear teaghlaich, sgrùdadh trì-bliadhna de dhàta Coileanadh Ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus tadhail a thaobh lèirmheas coileanaidh airson àrd-sgoiltean.

Bidh adhartas a thaobh coileanadh miannan-adhartais nan amasan sinidh air a sgrùdadh is air a thracadh tron inneal-tracaidh 12-18, coinneamhan triùir, coinneamhan air adhartas ann an ionnsachadh agus sgrùdadh trì-bliadhna de dhàta ACEL agus lèirmheasan coileanaidh airson àrd-sgoiltean.

Bithear a' cumail sùil air amasan sinidh le bhith a' cleachdadh nam pròiseasan a tha ann a-cheana, a' gabhail a-steach luchdachadh suas ro-innsean a chaidh a dhèanamh mu dhàta bho gach suidheachadh sa Ghearran agus san Ògmhios. Thathar air iarraidh air ceannardan-sgoile targaidean sgoile a chruthachadh gus a bhith mar sgàthan do mhiann-adhartais amasan sinidh an ùghdarras.

Tha dìreach nas lugha na an dàrna leth de na h-ùghdarrasan ionadail air innse gum bi iad a' cuimseachadh air frithealadh an luchd-ionnsachaidh a leasachadh mar phàirt de na h-amasan sinidh aca. Tha leasachadh bhuilean agus frithealadh chloinne agus daoine òga eòlach air cùram cuideachd a' nochdadh mar phrìomhachas do dh'ùghdarrasan ionadail. Ann an cuid de shuidheachaidhean, tha ùghdarrasan ionadail air seatan-dàta diofraichte a chleachdadh sna h-amasan a bharrachd aca oir tha iad a' faireachdainn gu bheil seo na choimeas nas làidire de cho-aisean a rèir co-theacsa an ùghdarras ionadail. Tha cuspairean nach eil cho cumanta a tha a' tighann a-mach à amasan 'a bharrachd' a' gabhail a-steach cuimse air coileanadh nas fharsainghe agus a bhith a' leasachadh bhuilean do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taice a bharrachd.

Amasan 'a bharrachd'

Tha amasan a bharrachd air a bhith air an suidheachadh airson fo-bhuidhnean de sgoilearan. Tha iad sin a' gabhail a-steach biadh-sgoile an-asgaidh agus còir air tabhartas aodach-sgoile, feumalachdan taice a bharrachd agus clann agus daoine òga eòlach air cùram.

An dèidh aithisg dàta chlann agus daoine òga eòlach air cùram san Fhaoilleach 2022, bha prìomh phrìomhachasan air an comharrachadh airson 2022-23 a lean air adhart gu bhith a' suidheachadh amasan 'a bharrachd' a thaobh chlann agus daoine òga eòlach air cùram.

Tha amasan sinidh 'a bharrachd' a' cuimseachadh air clann a tha a' faighinn biadh-sgoile an-asgaidh agus feadhainn a tha eòlach air cùram. Tha coileanadh an dà bhuidhinn nas ìsle na an co-aisean gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

Thachair an t-ùghdarras air dà phrìomh chùis an uair a bha iad a' leasachadh nan amasan sinidh aca. Sa chiad àite, chan fhaod iad an dàta a tha air fhoillseachadh gu nàiseanta a chleachdadh mar fhianais air a' bheàm coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn leis nach eil luchd-ionnsachaidh aca ann an Clàr-amais Alba de Iomadh Dith còigeamhailean 1 no 5 agus, mar sin, cha b' urrainn dhaibh seo a chleachdadh

mar thomhas airson nan amasan sinidh aca. B' e an tomhas eadar-roghnach as iomchaidh gu h-ionadail den bheàrn coileanaidh a bhith a' cleachdadh dàta biadh sgoile an-asgaidh, mar a tha air a chomhairleachadh ann an sgrìobhainn an fhreàim-obrach.

Chan eil an coimeasadh Q1-Q5 gu cuimseach a' comharrachadh bheàman coileanaidh an ùghdarrais ionadail co-cheangailte ri bochdainn, no adhartas a dh'ionnsaigh a bhith gan dùnadh. Gus cunntas a thoirt air a' cho-theacsa ionadail seo, tha amasan 'a bharrachd' a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh a tha ion-roghnach air biadh-sgoile an-asgaidh fhaighinn agus/no tabhartasan aodach-sgoile.

Tha cleachdadh dàta biadh-sgoile an-asgaidh air leigeil leis gach sgoil a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn a bhith aca a tha air a thomhas gu cunbhalach thar an ùghdarrais. Chan eil sgoilearan sa Chlàr-amais Alba de Iomadh Dìth còigeamhailean 1 agus 5 aig a h-uile sgoil.

Roinn 3:

3.1 Na h-ath cheumannan airson leasachadh leantainneach

Tha na h-ùghdarrasan ionadail air fad air obrachadh leis a' chomhairliche coileanaidh aca gus na h-ath cheumannan airson leasachadh leantainneach a chomharrachadh. Tha iad sin co-cheangailte ri gach adhartas fa leth a tha air a dhèanamh agus a' toirt cunntas air mar as urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail tuilleadh neartachaidh a dhèanamh air cur an sàs Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba. Tha beagan chuspairean coitcheann air nochdadh.

Maoin Cothromas Sgoileir

Ann an còrr air an dàrna leth de dh'ùghdarrasan ionadail, tha Maoin Cothromas Sgoileir (PEF) mar raon de leasachadh leantainneach. Tha grinneachadh de mhodhan-obrach co-cheangailte ri planadh, a' gabhail a-steach cuimseachd agus dearbhadh càileachd de phlanaichean PEF a' nochdadh sna h-ath-cheumannan sin. Tha cuimse air a bhith air cleachdadh dàta a leasachadh gus fios a chur ri planadh agus gus buaidh eadar-theachdan cuimsichte a thaisbeanadh. Bu chòir dha seo taic a thoirt do bhith a' co-roinn practas stèidhichte air fianais.

Tha fianais ann gu bheil lùghdachadh fo-chosg PEF na phrìomh phrìomhachas do chuid de dh'ùghdarrasan ionadail.

Maoin Cothromas Sgoileir

A' cur an gnìomh cuadan modarataireachd, co-inbheach ri co-inbheach, airson na Maoine Cothromas Sgoileir airson cheannardan sgoile.

A' tòiseachadh air conaltradh le sgoiltean a thaobh planadh fad-ùineach agus ro-innleachdan agus structairean PEF gus fianais a thoirt seachad air dùnadh na beàim coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn.

Soilleirichidh an sgioba sa mheadhan agus sgioba an ionmhais an t-sùim de PEF a thèid a thoirt air adhart bho sheisean acadaimigeach 21-22 agus thèid na tha air fhàgail de mhaoin 22-23 a dhearbhadh. Aon uair 's gum bi fo-chosg PEF air a shoilleireachadh, bidh taic airson planadh a' chosg san t-seisean seo a' gabhail àite.

Nì an comhairliche coileanaidh (AA) sgrùdadh, agus co-roinnidh e na cothroman cosg a tha èifeachdach ann a bhith ag àrdachadh coileanadh do chlann agus daoine òga a tha fo bhuidhneachd bochdainn. Thèid plana-gnìomha airson dèiligeadh ri fo-chosg a leasachadh leis a' phrìomh oifigear sa mheadhan agus an AA gus seo a dhràibheadh air adhart.

Tha an t-uallach airson dearbhadh càileachd PEF a' leantainn air adhart leis an sgioba stiùiridh airson sàr-mhathais agus cothromas agus an AA. Ged a tha oifigearan ceangail air aontachadh a dhol an sàs sa phròiseas seo agus anailis a dhèanamh gu co-obrachail air an dàta, tha seo a' toirt nas fhaide a chur air dòigh na bhathar an dùil. Tha iomadh adhbhar ann airson seo, ach feumar faighinn thar nam bacaidhean sin gus dèanamh cinnteach à seasmhachd misean Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.

Dàta

Tha dàta a' leantainn air a bhith air a chomharrachadh mar raon airson tuilleadh leasachaidh sa mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail. Far a bheil e air a chomharrachadh, tha modhan-obrach a thaobh litearras dàta, a' gabhail a-steach misneachd ann an anailis dàta, air an ainmeachadh gu sònraichte. Gu deimhinneach, tha fianais ann gu bheil na modhan-obrach sin air am planadh gus comas a thogail aig gach ìre den t-siostam, a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh sa chlasrùm. A thuilleadh air sin, tha cleachdadh dàta gus fianais a thoirt air adhartas agus buaidh a' dol tro na h-ath cheumannan.

Dàta

Leasaich litearras dàta aig a h-uile ìre agus meudaich misneachd agus comas ann a bhith a' cleachdadh dàta gus fios a chur ri practas.

Dèan cinnteach gu bheil an luchd-obrach iomchaidh misneachail ann a bhith a' cleachdadh deas-bhùird gus tracadh agus sgrùdadh a dhèanamh air adhartas ann a bhith a' coinneachadh ri amasan sinidh.

Lean air adhart a' dèanamh cinnteach gum bi gach neach-obrach sgoile litearra a thaobh dàta: àrd-stiùirichean, stiùirichean sa mheadhan, agus luchd-cleachdaidh sa chlasrùm. Meudaichidh litearras dàta misneachd stiùiriche agus neach-obrach ann a bhith a' cleachdadh fianais agus breithneachadh phroifeiseanta gus ro-innse a dhèanamh air coileanadh ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus a bhith a' cur an sàs eadar-theachdan ionnsachaidh iomchaidh agus ann an deagh àm. Cleachdaidh manaidsèaran foghlaim tadhalan aghaidh ri aghaidh agus bhiortail gus tuigsinn faighinn mu adhartas.

Le bhith a' stèidheachadh air modhan-obrach anailis dàta leasaichte mu Ìre Coileanaidh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais gus taic chuimsichte agus dhian ann an litearras, àireamhachd agus/no cuimseachd agus measadh a thabhann do shuidheachaidhean gus coileanadh àrdachadh agus a' bheàrn coileanaidh a tha co-cheangailte ri bochdainn a lùghdachadh.

Maoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram

Cha mhòr nach do chomharraich an dàrna leth de dh'ùghdarrasan ionadail A' Mhaoin Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram sna h-ath cheumnan aca. Tha comharraidhean ann gu bheil planadh, builean agus tomhasan feumach a bhith air an neartachadh. Thathar a' sùileachadh gun tig piseach air coileanadh chloinne agus dhaoine òga a tha eòlach air cùram mar thoradh air seo. Ann am beag-chuid de dh'ùghdarrasan ionadail, thathar ag ainmeachadh com-pàirteachadh dhaoine òga le eòlas air cùram ann a bhith ag ullachadh phlanaichean.

Maoineachadh Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram

Feumar seata de dh'innealan ùra fèin-juachaidh airson ùghdarrasan ionadail a tha a' dèiligeadh ri clann agus daoine òga eòlach air cùram a chur an gnìomh gus dearbhadh gu bheil adhartas iomchaidh ga dhèanamh a thaobh bhuilean deimhinneach airson clann agus daoine òga le eòlas air cùram.

A' cuimseachadh chòmhradhean air builean foghlaim airson clann agus daoine òga le eòlas air cùram thar foghlam agus seirbheisean obair shòisealta tron bhuidheann os-shealladh airson Cothromas Ro-innleachdail.

Leasaich ro-innleachd airson builean a leasachadh (agus plana-gnìomh) airson luchd-ionnsachaidh eòlach air cùram.

Stèidhich dreuchdan soilleir airson an oifigeir leasachaidh càileachd agus a' cho-òrdanaiche Chloinne agus Dhaoine Òga Eòlach air Cùram sa phlana airson Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba.

Dèan lèirmheas air Maoin Chloinne agus Dhaoine òga Eòlach air Cùram agus dèan cinnteach gu bheil tomhasan ann an àite airson an t-ùghdarras ionadail a bhith gu h-èifeachdach a' marasglachadh buaidh eadar-theachdan no modhan-obrach no builean a thathar a' sùileachadh.

Amasan Sìnidh

Cha mhòr nach eil an dàrna leth de dh'ùghdarrasan ionadail a' gabhail an ath cheum co-cheangailte ri amasan sìnidh. Tha grunn ùghdarrasan ionadail a' comharrachadh dhùilean airson amasan sìnidh a bhith air an suidheachadh aig ìre sgoile. Thathar an dòchas gun toir seo taic do dh'uallach cruinnichte agus co-roinnte anns gach ùghdarras ionadail. Bhiodh an cleachdadh as fheàrr a' gabhail a-steach gum biodh fèin-ùghdarras aig sgoiltean ann a bhith a' suidheachadh nan targaidean aca fhèin.

Is e eileamaid chumanta de na h-ath cheumnan sin a bhith a' leasachadh mhodhan-obrach ann a bhith a' tracadh agus a' sgrùdadh adhartas. Tha fianais làidir ann gum bi seo air a ghabhail os-làimh tro anailis riaghailteach de raon fharsaing de dhàta. Ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail, mìnichidh an anailis seo far a bheil feum air taic chuimsichte air ìre sgoile.

Amasan Sìnidh

Leasaich tuigse cho-roinnte mu uallachaidhean ann a bhith a' coileanadh amasan sìnidh an ùghdarras. Trac agus sgrùd adhartas nan amasan sìnidh.

Trac agus sgrùd amasan sìnidh agus targaidean sgoiltean agus an tabhartas a tha gach bun-sgoil, iar-àrd-sgoil agus àrd-sgoil uachdrach a' cur ris.

Bheir an t-ùghdarras ionadail taic do cheannardan sgoile ann a bhith a' suidheachadh amasan sinidh a thaobh litearras, àireamhachd agus slàinte agus sunnd. Bidh dàta air a sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas air a dhèanamh airson sgoilearan ann an còigeamhail 1. Bidh modh-obrach ùghdarras ionadail air a leasachadh airson a bhith a' cur ri chèile agus ag anailiseadh dàta.

Cruthaich amasan sinidh ceithir-bliadhna airson na h-ìre as àirde an dèidh dhan lèirmheas air an Fhrèam-obrach Leasachadh Nàiseanta a bhith air a chrìochnachadh.

Gu ìre nas lugha, tha cuspairean cumanta a bharrachd a' gabhail a-steach a bhith ag ionnsachadh dè a tha ag obair, modhan-obrach stèidhichte air fianais, barrachd eadar-mhìneachadh air modhan-obrach rianachd, Maoin Cothromas Ro-innleachdail agus ionnsachadh proifeiseanta.

Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirc Gnothachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44 (0)131 244 4330

P-d enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

www.education.gov.scot

